Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Taigh-òsta Cheann an Iar, An Gearasdan

Dihaoine 21 Sultain 2012 @ 2.00f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org



Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith air a cumail ann Taigh-òsta Cheann an Iar, An Gearasdan Dihaoine 21 Sultain 2012 bho 2.00f

Clàr Chùisean

3.2012.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	
(e)	Geàrr-chunntas neo-dhearbhte bhon choinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Airson Fiosrachaidh

3.2012.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Blas 2012: Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Adhartas le Fèisgoil	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d)	Ceisteachan nam Fèisean	Aithris airson Fiosrachaidh

3.2012.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2012-13	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Tabhartasan nam Fèisean 2012-13	Airson Fiosrachaidh
(d)	Cunntasan Ràitheil gu 30 Ògmhios 2012	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(e)	Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2012	Airson Aontachaidh
(f)	Ath-stèidheachadh Mann Judd Gordon mar luchd-sgrùdaidh	Airson Aontachaidh
(g)	Maoin nan Ùghdarrasan Ionadail	Aithris airson Fiosrachaidh
(h)	For-tharraing bho Bhanca Dhail Chluaidh	Airson Aontachaidh

3.2012.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a)	Lèirmheas air Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal	Aithris airson Fiosrachaidh

3.2012.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Aithisgean Luchd-Obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Daingneachadh suidheachadh Fòrladh Màthaireil	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Pròram na Coinneamh Bhliadhnail & Co-labhairt 2012	Airson Fiosrachaidh
(d)	Aithisg Bhliadhnail 2012	Airson Fiosrachaidh

3.2012.06 EILE

(a)	Ceann-latha na h-ath choinneamh	Airson Aontachaidh
(b)	Coinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Pàipearan tro phost-d a-mhàin

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Oifisean Fèisean nan Gàidheal, 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis air Diardaoin 24 Cèitean 2012 bho 1.30f

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2012.01(c)

2.2012.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Mairead Chamshron, Bernard Bell, Donnchadh MacGuaire, Peigi NicIllFhinnein, Fiona NicIain, Elaine Spence, Seònaid NicDhòmhnaill (air a' fòn), Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Aonghas MacLeòid (an làthair – ag eadar-theangachadh)

(b) Leisgeulan

Norma Gunn, Ùisdean Robasdan, Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Ann Marie Reid (HIE), Ian Mac a' Ghobhainn (Alba Chruthachail)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 23 An Gearran 2012 a sgaoileadh. Mhol Donnchadh MacGuaire gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Peigi NicIllFhinnein a' cur a taic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Thuirt Art MacCarmaig gun deach làmh a chur ris an Aonta airson 2012-15 le Alba Chruthachail.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidhinn Riaghlaidh

Thugadh fa-near do Gheàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air 10 Cèitean.

Dh'fhaighnich Donnchadh MacGuaire dè bha air tachairt a thaobh an dà Fhèis a chuir ceist san ìre de thabhartas a fhuair iad. A rèir Art MhicCarmaig chaidh tabhartas nas motha a thabhann air aon dhiubh, agus ghabh iad ris an sin, agus bhathar fhathast a' còmhradh ris an Fhèis eile.

Dh'fhaighnich Peigi NicIllFhinnein dè an suidheachadh a bh' ann an-dràsta a thaobh YMI sna h-Eileanan Siar. Tha Art MacCarmaig air sgrìobhadh gu Fòram Ealain Ghàidhlig nan Eilean Siar mu bhith cleachdadh YMI gus am bi barrachd ceòl traidiseanta ga theagasg sna sgoiltean san sgìre. Tha e a' feitheamh ri freagairt an-dràsta. Aig coinneamh de Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air 21 Cèitean chaidh bruidhinn air mar a dh'fhaodar YMI a leudachadh ann an Earra-Ghàidheal.

2.2012.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Prògram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu deireadh a' Mhàirt 2012, air cur an gnìomh Prògram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Bha am prògram seo stèidhichte air cùmhnantan le HIE, Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan ionadail airson 2011-12. Bha adhartas math ri fhaicinn anns a' mhòr-chuid de na raointean obrach.

Aon uair 's gu bheil a h-uile Aonta ùr air an cur air dòigh, deasaichidh Art Prògram ùr airson 2012-13.

Bha Anna Willoughby air tuairmse a dhèanamh air cia mheud uair a thìde a bha luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal air a chosg air Iomairtean Gàidhlig air feadh na bliadhna agus dh'obraich i a-mach gun do chuir iad seachad eadar 3,000 – 4,000 uair a thìde ag obair orra – obair anns an robh luach mu £50,000.

Thug am Bòrd fa-near do na cùisean seo agus bha iad gu math riaraichte leis mar a bhathar a' coileanadh uiread de thargaidean bhon Phròram.

(b) Fèis Bhlais 2012

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh leis an fhiosrachadh as ùire mu phlanaichean airson Blas 2012. Cuideachd chaidh fiosrachadh a sgaoileadh mu na tachartasan a bha gu bhith dol air adhart le cinnt aig Blas. Bha tachartasan eile ann a bhathar an dòchas a chumail ach dh'fheumamaid maoineachadh a bharrachd fhaighinn mus deigheadh iad sin air adhart.

Gu mì-fhortanach cha do shoirbhich leinn leis an iarrtas airson £50,000 a chuir sinn a-steach gu Bliadhna Alba Chruthachail. Bha Art MacCarmaig a' bruidhinn ri Alba Chruthachail mu thobraichean maoineachaidh eile a dh'fhaodadh a bhith ann.

Dhearbh Banca Rìoghail na h-Alba gun toireadh iad urrasachd luach £5,000 do Bhlas. Tha sinn air iarraidh air companaidhean eile urrasachd a thoirt don fhèis agus bha sinn a' feitheamh riutha tilleadh thugainn le freagairt.

Bithear a' sealltainn fhilmichean bho FilmG agus filmichean san Screen Machine, agus bidh sinn a' cur tachartasan air dòigh ann an co-bhuinn ri Seirbheis nam Maor-dùthcha is buidhnean eile.

Thèid Blas 2012 fhoillseachadh ann an Eden Court air 11 Ògmhios – gheibh am Bòrd cuireadh a bhith an làthair.

Thug buill a' Bhùird fa-near don obair gu ruige seo.

(c) Sgoil Shamhraidh Dhràma: Fiosrachadh ùr

Thuirt Calum Ailig Mac a' Mhaoilein gur e 18 Cèitean an ceann-latha airson iarrtasan don Sgoil Shamhraidh, agus gun robh iad air 12 iarrtasan fhaighinn. Bha àiteachan fhathast ann do dhaoine agus bha sinn a' dol a bhruidhinn ris na sgoiltean feuch an tigeadh barrachd dhaoine chun na Sgoile Samhraidh.

Tha sinn air oidean a ghlèidheadh air a son, agus dheigheadh an Sgoil Shamhraidh a chumail ann am Port Rìgh eadar 2-13 Iuchar. Aig deireadh na sgoile thèid cuirm dràma is ciùil a chumail aig Sabhal Mòr Ostaig air 12 Iuchair còmhla ri luchd-ciùil bhon Chèilidh air Chuairt aig Fèis Alba.

(d) Còig Latha (Tachartas Còmhnaidheach Gàidhlig): Fiosrachadh ùr

Dh'innis Calum Ailig Mac a' Mhaoilein mu mar a chaidh gu fìor mhath don tachartas chòmhnaidheach, a chaidh a chumail eadar 9 – 13 Giblean sna Gearrannan, ann an Càrlabhagh, Eilean Leòdhais.

Chaidh an òigridh an sàs ann an diofar rudan mar chroitearachd, iasgach, còcaireachd, ealain, gearradh na mòna, ceòl is seinn. Rinn a' chlann agus am pàrantan moladh mòr air an t-seachdain agus mar a chòrd e riutha.

Thug Calum Ailig taing mhòr do na Gearrannan agus a' choimhearsnachd a bha air a bhith air leth taiceil.

Bhathar an dùil tachartas den aon seòrsa a chumail ann an 2013 (aig an aon àm, agus san aon àite).

Bha am Bòrd uabhasach toilichte a chluinntinn gun deach cùisean cho math.

(e) **Molaidhean airson Seirbheis Ealain Ghàidhlig airson Sgoiltean**

Thug Art MacCarmaig taisbeanadh seachad air molaidhean gus Seirbheis Ealain Ghàidhlig airson Sgoiltean is Coimhearsnachdan a stèidheachadh. 'S e "Fèisgoil" an t-ainm a bh' air an t-Seirbheis an-dràsta.

Mhìnich e mar a bha Fèisean nan Gàidheal an-dràsta an sàs ann a bhith lìbhrigeadh grunn sheirbheisean mar YMI, Meanbh-Chuileag is Sgioba-G, agus gun robh tòrr chothroman ann gus na seirbheisean sin a leasachadh. Am measg nan cothroman sin bha an leudachadh a bha dhìth air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a bhith ag obair còmhla ris a' Churaicealam airson Sàr-mhathais, na molaidhean aig Riaghaltas na h-Alba airson "Eòlas na h-Alba" is buidhnean a tha feumach air cuideachadh leis na Planaichean Gàidhlig aca.

Thèid sàr Sheirbheis a lìbhrigeadh agus sinn a' dèanamh feum de luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, Fèisean ionadail agus cùnnradairean fa leth.

Am measg nam prìomh sheirbheisean bhiodh bùithtean-obrach is prògraman dràma le Meanbh-Chuileag; "Beagan Gàidhlig" airson Sgoiltean, cùrsaichean cultarach Gàidhlig, taic le sgrìobhadh cruthachail agus a' cur air dòigh turasan sgoile.

Am measg nan seirbheisean eile a dh'fhaodadh a bhith ann bha seirbheis eadar-theangachaidh airson sgrìobhaidhean, eadar-theangachadh mar-aon aig coinneamhan, dearbhadh air sgrìobhaidhean Gàidhlig, dealbhachadh grafaigeach airson bileagan is postairean Gàidhlig agus cuairtean timcheall àiteachan eachdraidheil ann an Gàidhlig.

Dh'fhaighnich Bernard Bell an ann dìreach airson an sgìre aig HIE a bha seo gu bhith, ach thuirt Art nach ann ach airson Alba air fad. Bha dragh air Bernard gun robh sinn gu bhith gluasad air falbh bho ar prìomh amasan le seo, ach bha a' mhòr-chuid den bheachd nach tachradh sin agus gun cuireadh na seirbheisean seo ris an obair againn. Bhiomaid fhathast a' cumail taic ris na Fèisean ach aig an aon àm bhiomaid a' neartachadh na Gàidhlig agus dh'fhaoidte gun ruigeamaid air clann leis nach eil sinn ag obair an-dràsta. Cuideachd, bhathar an dòchas gun toireadh e teachd-a-steach do dh'Fhèisean nan Gàidheal a ghabhadh a chleachdadh airson pròiseactan eile agus mar sin air adhart.

Bha Donnachadh MacGuaire a' smaoineachadh gum biodh e math rudeigin a chur air dòigh a bha ag amas air deugairean is daoine a bha tràth sna ficheadan, daoine nach eil a' faighinn cothrom ro thric a dhol an sàs sa Ghàidhlig.

Cuideachd, chaidh bruidhinn air mar a dh'fhaodamaid fiosrachadh a sgaoileadh mu obraichean Gàidhlig. Tha earrainn den làrach-lìn aig Fèisean nan Gàidheal far am faighear ceanglaichean gu buidhnean eile msaa. Tha sinn cuideachd a' dol a thoirt fiosrachadh do na Fèisean mu na goireasan aig Stòrlann feuch an tuig iad dè tha ri fhaotainn.

Bha am Bòrd toilichte leis a' phròiseact seo agus bha iad den bheachd gur e fìor dheagh chothrom a bhiodh ann raon-obrach is teachd-a-steach Fèisean nan Gàidheal a chur am meud. Cuideachd, ghabh iad ris an ainm Fèisgoil.

Bha Art a' dol a dhèanamh tuilleadh obrach air a' phròiseact agus dh'innseadh e don Bhòrd mun adhartas a bhathar a' dèanamh aig coinneamh eile.

(f) **Iarrtas airson ballrachd ann am Fèisean nan Gàidheal**

Fhuaras iarrtas bho Fhèis an Rubha ann an Leòdhas a bha ag iarraidh an Fhèis ath-stèidheachadh agus a bhith nam ball de dh'Fhèisean nan Gàidheal.

Dh'aontaich am Bòrd gabhail ris an iarrtas seo airson ballrachd leis an tuigse gun dèanadh Fèis an Rubha cinnteach nach biodh Fèis eile san sgìre a' dol air adhart aig an aon àm agus a bha iadsan an dùil an Fhèis acasan a chumail.

1.2012.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is cosgais 2012-13

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn a' Bhuidseit airson teachd-a-steach agus cosgaisean bho agus gu Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 am Màrt 2013, agus a' sealltainn nan suimeannan a fhuaras agus a chaidh a chosg suas gu 30 An Giblean 2012.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £5,427.11
- Cunntas Àrd-rèidh - £160,993.37
- Cunntas Bhlais - £1,004.36

(c) Tabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2012-13

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2012-13, a dheasaich Anna Willoughby, a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu 30 An Giblean 2012.

Seach nach robh a' bhliadhna ionmhais ach air tòiseachadh, cha robh mòran ri aithris mu bhith pàigheadh thabhartasan fhathast.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(d) Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 Màrt 2012

Chaidh Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 Màrt 2012, a dheasaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh. Thuirt Anna Willoughby gun robh cunntasan Fèisean nan Gàidheal air cothromachadh thar na bliadhna, agus gun robh sin math.

(e) Dreach den Aonta le Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean airson 2012-15

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig agus lethbhreac den aonta le Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean airson 2012-15 a bhathar a' moladh a sgaoileadh.

Thug buill a' Bhùird fa-near do bhrìgh an aonta, na builean laghail air an robh iomradh san litir-mhìneachaidh, agus ghabh iad ris an aonta ris an cuireadh an Cathraiche, Catrìona Nic an t-Saoir, a làmh.

(f) Maoineachadh bho Ùghdarrasan Ionadail: Fiosrachadh ùr

Dh'innis Art MacCarmaig don Bhòrd mu mar a bha cùisean a thaobh maoineachadh bho na h-Ùghdarrasan Ionadail thar na bliadhna seo.

Bhiodh maoineachadh Comhairle na Gàidhealtachd aig an aon ìre sa bha e an-uiridh.
Bhiodh gearradh 10% sa mhaoineachadh bho Chomhairle nan Eilean Siar.
Bha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' beachdachadh air am maoineachadh acasan a chur suas beagan.

Bhathar ag obair gus na h-aontaidhean deireannach a rèiteachadh an-dràsta agus thèid innse don Bhòrd nuair a bhios iad deiseil.

(g) Cothrom For-tharraing le Banca Dhail Chluaidh PLC

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh agus i a' sireadh aonta a' Bhùird gun gabhadh iad ri tairgse bho Bhanca Dhail Chluaidh Plc airson Cothrom For-tharraing.

Às dèidh beachdachadh gu faiceallach agus gu cùramach air riaghailtean na Litreach agus gach cùis eile a bha iomchaidh, **CHAIDH AONTACHADH**:

1. Gun cuireadh an Companaidh feum air na Cothroman uile a rèir nan riaghailtean is cùmhnantan a tha ainmichte san Litir Chothroman, agus seo gu buannachd a' Chompanaidh, agus chun na buannachd choimeirsealta as motha, agus e a' leantainn air le obair, agus gun gabhar ri agus gun aontaichear ri riaghailtean agus cùmhnantan na Litreach;
   agus

2. gun deigheadh an Litir Chothroman a làimhseachadh às leth a' Chompanaidh leis an Stiùiriche agus Rùnaire a' Chompanaidh ainmichte gu h-ìosal, agus tha cead aca cuideachd an làmh a chur ri na leanas às leth a' Chompanaidh: sgrìobhainnean eile, aontaidhean, teisteanasan, fiosan, brathan-conaltraidh no dearbhaidhean, nam measg atharraichean, eadar-dhealachaidhean, ùrachaidhean is leudachaidhean, a dh'fheumar a dhèanamh 's dòcha an lùib nan Cothroman, no na Litreach Chothroman.

Dhèilig Fiona NicIain (Rùnaire a' Chompanaidh) agus Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche) ris an sgrìobhainn às leth a' Bhùird.

2.2012.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal: Taisbeanadh

Rinn Anna Willoughby taisbeanadh don Bhòrd air mar a tha Fèisean nan Gàidheal a' toirt seachad tabhartasan, na dòighean gus a' chiad phàirt den tabhartas iarraidh agus na dòighean gus am pàirt mu dheireadh dheth iarraidh a dh'fheumas daoine a dhèanamh ron 31 Màrt.

Thuirt buill a' Bhùird gun robh an taisbeanadh gu math feumail, oir thug e dhaibh tuigse nas fheàrr air dè bha an lùib an sgeama thabhartasan. Bha an clàr-ruith, a mhìnich gu soilleir dè na ceumannan a bha an lùib ghnothaichean, gu sònraichte feumail.

Chaidh aontachadh gun deigheadh lethbhreac den taisbeanadh a chur ann am post-d gu buill a' Bhùird agus luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal los gum biodh am fiosrachadh aca.

2.2012.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh.

A thaobh mar a bhathar a' cur an gnìomh Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal, bha Iona NicDhòmhnaill san aithisg aice a' toirt iomradh air toraidhean pròiseact rannsachaidh a chaidh a dhèanamh le taic bho Shoillse. Chaidh aontachadh gun deigheadh lethbhreac den aithisg seo a chur ann am post-d gu buill a' Bhùird.

Mhol Donnchadh MacGuaire an obair acadaimigeach anns an robh Iona NicDhòmhnaill an sàs.

Mhìnich Art MacCarmaig mu mar a bha sinn gu bhith an sàs ann an Cuairt nam Bàrd. Bhathar an dòchas gun gabhadh ceangal a dhèanamh eadar seo is Blas am-bliadhna.

Thug am Bòrd taing don luchd-obrach is rinn iad moladh air an obair aca.

(b) Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt 2012

Thèid a' Choinneamh Bhliadhnail is a' Cho-labhairt a chumail air 21 is 22 Sultain san Taigh-òsta West End sa Ghearasdan.

Chaidh fhaighneachd don Bhòrd an robh beachdan aca a thaobh dè na rudan a chòrdadh riutha fhaicinn aig an tachartas, mar bùithtean-obrach, luchd-labhairt is msaa.

Chaidh a mholadh ma dh'fhaoidte gum biodh e feumail trèanadh a chur air dòigh mu na

Goireasan Gàidhlig a tha rim faighinn, Feumalachdan Sònraichte, Margaidheachd is Togail airgid. Chaidh duine no dithis a mholadh mar luchd-labhairt, agus bha Art a' dol a dh'fhaicinn am b' urrainn dhaibh a thighinn chun na co-labhairt.

2.2012.06 EILE

(a) A' dearbhadh ceann-latha na h-ath choinneimh

Thèid an ath choinneamh a chumail air 21 Sultain sa Ghearasdan nuair a tha a' Choinneamh Bhliadhnail is a' Cho-labhairt ann.

(b) Coinneamh de Bhuidheann Riaghlaidh Fèisean nan Gàidheal

Dheigheadh pàipearan a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird air a' phost-d.

(c) A' ceannach iPads

Chaidh aontachadh, às dèidh chòmhraidhean mun chùis roimhe, gun ceannaicheadh Fèisean nan Gàidheal iPads do bhuill a' Bhùird is cuid den luchd-obrach. Shàbhaileadh seo airgead a thaobh nan cosgaisean a tha an lùib a bhith dèanamh lethbhreacan de is a' postadh phàipearan a' Bhùird is msaa. 'S ann le Fèisean nan Gàidheal a bhiodh na h-iPads agus thilleadh buill a' Bhùird iad thugainn nuair a bha a' fàgail a' Bhùird.

Fèisean nan Gàidheal

Unapproved Minutes of the meeting of the Executive Group held on Wednesday 5 September 2012 from 10.00 am via telephone conference

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2012.01(e)

EX2.2012.01 PRELIMINARIES

(a) Present

Catriona MacIntyre (Fèis Lochabair, Chair), Maggie Cameron (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager), Calum Alex MacMillan (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Moreen Pringle (Fèisean nan Gàidheal Business Officer).

(b) Apologies

Fiona Johnston (Fèis Fhoirt, Secretary/Treasurer), Morag Anna MacLeod (Highland Council), Anne-Marie Reid (HIE)

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval

Minutes of the meeting held on 10 May 2012 had been circulated and were approved.

(d) Matters arising

There were no matters arising not already on the Agenda.

EX2.2012.02 PROGRAMME UPDATES

(a) Fèisean (verbal – Arthur)

The Summer Fèisean had all taken place. Attendance numbers were down for some of them but up for others. Fèis an Rubha had been re-established and held their first Fèis in August.

(b) Blas Festival 2012 (verbal – Arthur)

Blas 2012 starts on Friday 7 September with a wide variety of events taking place over the course of the Festival. There is also a School's Programme and Cuairt nam Bard as part of the festival.

Tickets are selling well, although numbers for the Eden Court finale are down on last year. Facebook, Twitter, e-mail, newspapers and radio are all being used to advertise events.

(c) Fèisgoil (circulated – Arthur)

Arthur had circulated a paper he had prepared on our new Gaelic Arts & Language Service, Fèisgoil. A new section has been put on our website which outlines the various services we are offering, how they can be delivered, how they help meet the Curriculum for Excellence outcomes etc.

He will be meeting with officers from various councils to discuss the service and how they can utilise it and had already attended a GLPS seminar organised by the Scottish Government. Perth & Kinross Council is already using the service and Angus MacLeod is going into 3 Schools each week, over a 10-week period, to teach Gaelic.

Arthur is looking into organising training for some tutors to help them deliver parts of the service. In the first instance there will be a meeting to discuss training needs with Catriona MacIntyre and Alec MacDonald (who already train GLPS teachers), Maggie Macdonald (as a practicing primary teacher with knowledge of CfE) and Rae MacEachern so that best practice in relation to lesson planning and progression, learned through YMI, can be a feature of Fèisgoil.

It is hoped to do a presentation to Fèisean and officially launch Fèisgoil at the time of our AGM.

(d) YMI (verbal – Arthur)

Anne advised that the Highland Council YMI funding for 2012-13 had now been received.

The annual Tutor Training day had taken place in Strathpeffer and YMI classes are due to start shortly. Rae is making plans to have a system in place to give help and assistance to any new YMI tutors with a more experienced tutor mentoring them for a lesson or two.

The Schools receiving the YMI tuition are very happy with the service they are getting.

(e) Cèilidh Trails 2012 (verbal –Arthur)
This year's Cèilidh Trails had all gone ahead as planned and had been very successful. Fèis Rois had additionally organised Trad Trails and an international Cèilidh Trail and Fèis Fhoirt had held their first Cèilidh Trail. Nicola and Arthur would be meeting with all the co-ordinators to discuss what had been successful, any problems, plans for the future etc.

Anne and Nicola have been busy working on LEADER claims. Audit Scotland had been querying lots of projects (including CTs) so they have had to go back several years to gather information required.

This is the final year of the LEADER funding so we will have to investigate alternative funding for the future.

(f) Gaelic Song-writing project (verbal – Arthur)
The songs produced following the recent Gaelic song-writing project in conjunction with Watercolour Music had now been received. Pelican Design are working on a way to have these available to listen to via our website. There is also a documentary style video of the project which is already available online. It is hoped to run a similar project this year.

EX2.2012.03 FINANCIAL ISSUES
(a) Income and Expenditure 2012-13 (circulated - Anne)
A report on Income and Expenditure for 2012-13 had been circulated. 50% of the income for the year had been received but there was some still some funding outstanding.

Anne advised that the funding from the Highland Council for YMI had now been received and some other core funding was due in shortly. We were waiting on Highland Council Blas funding of £36,750 to come in.

(b) Management Accounts to 30 June 2012 (circulated - Anne)
The consolidated Management Accounts to 30 June prepared by Mann Judd had been circulated.

The total funds at that date were healthy and as the YMI funding from Highland Council had since been received the deficit in the first quarter for YMI would be cancelled out.

(c) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)
The current bank balances were given as follows:
- £8,463.02 in the Current account
- £247,758.97 in the High Interest account
- £9,506.99 in the Blas account

With Blas Festival taking place this month there will be lots of expenditure relating to that event.

(d) Grants to Fèisean 2012-13 (circulated - Anne)
A report showing the grants awarded to Fèisean, and those paid out to date, had been circulated.

All grants were being paid out as required, on submission of claims from the Fèisean and roughly 50% of all grants for the financial year had been paid out.

EX2.2012.04 STAFFING ISSUES (verbal – Arthur)
(a) Maternity Cover for Jenna Morrison
Arthur advised that Jenna Morrison is due to go on maternity leave on Friday 7 September.

If Jenna takes all the leave she is entitled to then she will not be due to return to work until 25 November

2013. She will need to advise us two months prior to her returning to work when she hopes to return, if she is intending to return full-time or part-time etc.

In the meantime arrangements need to be clarified as to how Jenna's workload would be covered while she is off. Rather than take on a temporary employee to cover the maternity leave, it was Arthur's preferred option to divide out Jenna's duties between other Fèisean nan Gàidheal staff. None of her Fèisean are due to hold a Fèis in the next few months and any assistance with classes, tutors etc can be offered by other staff.

Because Jenna is on maternity leave she is still classed as a Fèisean nan Gàidheal employee and so we would continue to meet the CnES requirement to have a Development Officer based in the Western Isles.

This approach was agreed by the Executive Group.

EX2.2012.05 DEVELOPMENT ISSUES

(a) Agreement with HIE 2012-15 (circulated - Arthur)

A copy of the final agreement with HIE had been circulated for information.

(b) Draft Agreement with Comhairle nan Eilean Siar 2012-13 (circulated – Arthur)

A copy of the draft agreement with CnES had been circulated. This agreement for £13,950 for the financial year 2012-13 and was still to be finalised.

(c) Draft Agreement with Argyll & Bute Council 2012/13 (circulated – Arthur)

A copy of the draft agreement with Argyll & Bute Council had been circulated. This agreement for £20,000 for the financial year 2012-13 and was still to be finalised.

(d) Annual Conference 2012 (verbal – Anne)

Anne confirmed that our Annual Conference/AGM will take place in the West End Hotel, Fort William on 21 and 22 September 2012. Invitations had now gone out and responses were awaited.

It had been agreed that we approach Lochaber Provost, Cllr Allan Henderson, to speak at the event. Arthur is going to approach him to see if he is available and willing to do it.

It is hoped that Angus Grant will speak at the conference on the Saturday morning. We also hope to a presentation to the Fèisean on our website to make them more aware of what information is available to them so they perhaps access it more. As mentioned earlier, it is also hoped to officially launch Fèisgoil.

(e) Board Membership (verbal –Arthur)

Arthur spoke about the HIE requirement that Fèisean nan Gàidheal do a review of its Board, its skills, election process etc. This was due to take place within the coming months, and be completed by 31 March 2013.

Five members of our Board are due to step down later this month (Catriona, Maggie, Bernard, Janet and Fiona) and elections would need to be held to replace them before the next Board Meeting in December. However, in view of the proposed review which could result in changes as to how new members are elected, Arthur suggested that it might be best if the current Board Members stayed on for an extended term until the review has been carried out.

It was agreed that he would contact HIE to find out more details about their requirements and put a paper together on this for discussion at the Board meeting later in the month.

EX2.2012.06 BOARD MEETING

(a) Agenda items for forthcoming Board meeting

No specific additional items were put forward. Arthur will put together the Agenda and Board Papers for the meeting on 20 September. There will also be the Annual Report, Accounts and *Faileas*.

EX2.2012.07 GENERAL

(a) AOCB (verbal)

No other items of business were raised.

(b) Date and venue of next meeting

It was agreed to wait until the Board Meeting on 20 September to set a date for the next Executive Group Meeting, following a decision about what is happening with the Board Membership).

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2012.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le program-obrach na buidhne.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèiligeadh ris an ùine eadar 1 Giblean agus 30 Ògmhios a' sealltainn builean mu choinneimh dhleastanasan bho Phlana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) a dh'iarr ar prìomh bhuidhnean-maoineachaidh – Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (InG), Bòrd an Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB) mar phàirt de na h-aontaidhean leotha.

Bidh buill a' Bhùird mothachail air dreach ùr na h-aithisg le na builean mu choinneamh gach buidheann air an comharrachadh fa leth agus fiosrachadh àireamhail a tha a dhith air InG innte cuideachd. Bidh luchd-obrach a' leantainn an cruth seo agus tha fiosrachadh, an dèidh 30 Ògmhios, anns na h-aithisgean aca fhein a thèid air adhart gu aithisg shlàn airson na dàrna ràithe de 2012-13, gu 30 Sultain 2012.

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar & Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh. Cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine A' dol air adhart mar bu chòir

Àir.		Dleastanas ann am Plana FnG	Adhartas	Ìre
Builean Alba Chruthachail				
AC1	Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh.	
AC2	Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh	Leasachaidhean Ùra	Thèid Fèisean ùra a stèidheachadh nuair a thig iarrtas bho choimhearsnachd is aon uair 's gu bheil Bòrd Fèisean nan Gàidheal riaraichte gu bheil an Fhèis ùr a' gabhail ri amasan is cinn-uidhe Fèisean nan Gàidheal.	
AC3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh taic-airgid a thabhann do 45 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2012-13 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	

AC4	Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Gu ruige seo tha sinn air iarrtas fhaighinn bho Fèis an Rubha is iad ag iarraidh prìomh thachartas na Fèise aca a stèidheachadh às ùr a thèid a chumail aig toiseach an Lùnastail. Tha dùil againn ri iarrtasan eile nas fhaide dhen bhliadhna.	
AC5	Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh	Leasachaidhean Ùra	Chaidh trì làithean-trèanaidh Gàidhlig a chumail ann an 2012 gu ruige seo le 82 daoine a' gabhail pàirt annta.	
AC6	Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma	Leasachaidhean Ùra	Bidh Meanbh-Chuileag a' dol air chuairt timcheall nan sgoiltean le pantomime san Dùbhlachd 2012 agus le dealbh-chluich ùr tràth ann an 2013. Faicibh BnG11 gu h-ìosal. Thèid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail san Iuchar.	
AC7	Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile	Leasachaidhean Ùra	Shoirbhich le tachartas còmhnaidheach, Còig Latha, a chaidh a chumail ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2012 far an robh deugairean ag ionnsachadh ceòl is seinn agus cuideachd a' dol an sàs ann an diofar obraichean is chur-seachadan ann an coimhearsnachd Ghàidhlig, leithid fighe, seòladh, obair croitearachd, gearradh mòna is còcaireachd.	
AC8	Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thug an Sgioba-G taic a thaobh na Gàidhlig do 5 Fèisean ann an 2012.	
AC9	A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig	Leasachaidhean Ùra	Chaidh crìoch a chur air a' phròiseact Taigh nan Òran, a chaidh a chumail an co-bhuinn ri Watercolour gus sgrìobhadh òrain a bhrosnachadh, is bidh cothrom ann èisteachd ris na h-òrain air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal agus coimhead air bhidiothan le agallamhan leis na daoine a sgrìobh na h-òrain.	
AC10	A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin	Leasachaidhean Ùra	Cha deach obair a dhèanamh mu choinneimh an amais seo sa chiad ràith den bhliadhna ach thathar an dùil pròiseact ùr a lìbhrigeadh 's sinn an dòchas gum faigh e taic bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir.	
AC11	A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2012-13 agus tha sinn an dòchas, le bhith stèidheachadh Fèisgoil, gun tèid againn air seirbheisean a reic do dh'ùghdarrasan ionadail eile gus clasaichean ciùil a lìbhrigeadh tro YMI	
AC12	Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	A thuilleadh air obair dràma sna sgoiltean is an Fhèis Dràma Ghàidhlig ann an Earra-Ghàidheal & Loch Abar, chuir sinn air dòigh Fèis aon-latha ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh aig deireadh an Ògmhios is tha sinn an dùil an obair a nì sinn ann am foghlam foirmeil a leudachadh thar na bliadhna ri thighinn nuair a thòisicheas sinn Fèisgoil, ar Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam.	
AC13	Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is	Lìbhrigeadh Sheirbheisean/ Com-pàirteachas	Chuir sinn trèanadh Gàidhlig air dòigh los gum biodh barrachd Gàidhlig ga cleachdadh ann an clasaichean nam Fèisean agus tha sinn an dùil cùrsaichean a chumail nas fhaide dhen bhliadhna airson daoine a tha a' gabhail pàirt sna Cèilidhean air Chuairt agus airson oidean is luchd-	

	a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta	agus Cùmhnantan	eagrachaidh.	
AC14	Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Nì sinn conaltradh mar as iomchaidh ri buidhnean eile is bidh sinn tric a' sgaoileadh fiosrachadh às leth bhuidhnean eile a tha an sàs ann an ceòl traidiseanta mar Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba. Dh'obraich sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is an t-Oifigear Ealain is Cultair aca (a tha air a fhastadh ann an compàirt ri Alba Chruthachail) gus iomairtean dràma a chur air adhart is bidh sinn ag obair còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig is buidhnean eile gus tuilleadh leasachaidh a thoirt air dràma Ghàidhlig.	
AC15	Tuilleadh obair chompàirt a stèidheachadh còmhla ris an roinn choimeirsealta is sinn a' togail air an taic urrasachd a ghlèidh sinn do Bhlas	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bidh sinn gu gnìomhach a' sireadh taic-airgid do Bhlas, agus airson 2012 tha sinn air aonta fhaighinn bho RBS, Am Fosglan Gnìomhachais agus Colaiste na Gàidhealtachd an Iar gun toir iad taic urrasachd don tachartas. Bidh sinn cuideachd gu gnìomhach a' sireadh urrasachd do phròiseactan eile air a bheil sinn ag obair, gu sònraichte na Cèilidhean air Chuairt bho 2013 air adhart.	
AC16	Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn air bùth a stèidheachadh air ar làrach-lìn ùr is chithear gach seòrsa bathair a tha Fèisean nan Gàidheal a' reic an sin a-nis. Cuiridh sinn ann am bathar bho na Fèisean eile agus nì sinn am feum as motha de na cothroman gus leabhraichean a reic aig consairtean nam Fèisean is tachartasan eile.	
AC17	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Gu ruige seo, ann an 2012-13 cha robh mòran chothroman gus tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair chumail. Ach, bidh tòrr de an Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan ionadail agus bidh aon bhuidheann a' cluich airson Riaghaltas na h-Alba nuair a choinnicheas an Caibineat san Eilean Sgitheanach.	
AC18	Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha ar pròram obrach air fad ag amas air a' bhuil seo agus tha sinn den bheachd gu bheil ar pròram a' coileanadh an amais seo.	
AC19	Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Cha bhi Blas 2012 cho mòr ri bliadhnaichean eile seach nach d'fhuaras maoineachadh fa leth bho Alba Chruthachail air a shon is nach robh maoineachadh bho Eileanan na h-Alba ann mar a bha airson Blas 2011. Ge-tà, bidh fhathast taghadh farsaing de thachartasan ann leithid consairtean, ceòl sna sgoiltean, buidhnean còmhraidh Gàidhlig, cèilidhean taighe, filmichean, agus tro chompàirteachas le Comhairle nan Leabhraichean, bidh sgrìobhadairean Gàidhlig ann. Cuideachd bidh bàird is luchd-ciùil bho Èirinn ann nuair a thadhlas Cuairt nam Bàrd, a tha air a bhith dol airson bliadhnaichean, air an fhèis le taic bho Cholmcille.	
AC20	A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt	Leasachaidhean	Thèid taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2012 agus bidh iad a'	

		Ùra	cluich aig còrr is 200 cèilidh is tachartas air feadh na h-Alba. Bidh Cèilidh air Chuairt aig Fèis Fhoirt airson a' chiad uair ann an sgìre Shruighlea is na h-Eaglaise Brice. Cuideachd bidh Fèis Rois a' cumail pròram farsaing de Trad Trails an co-bhuinn ri TMSA, a thuilleadh air a' Chèilidh air Chuairt aca.	
AC21	A' cumail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an Oifigeir Ealain Ghàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh dreach ùr de Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig fhoillseachadh mar phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17. Bidh àite aig Fèisean nan Gàidheal ann a bhith lìbhrigeadh pàirtean dhe sin mar: a' leudachadh cleachdadh na Gàidhlig sna h-ealain is sna meadhanan air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach tachartasan nàiseanta; a' cumail taic ri cothroman far am bi na h-ealain is meadhanan a' togail ìomhaigh na Gàidhlig; a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig farsaingeachd de dhaoine air diofar thachartasan ealain Gàidhlig; agus a' cur am meud nan cothroman a dhol an sàs sna h-ealain ann an suidheachaidhean a chuidicheas le bhith ag ionnsachadh is a' cleachdadh Gàidhlig agus a chòrdas ri daoine.	
AC22	A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact.	
AC23	Co-labhairt Bhliadhnail a chumail	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thèid Co-labhairt 2012 a chumail sa Ghearasdan air 21 is 22 Sultain.	
AC24	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh	Leasachaidhean Ùra	Taobh a-staigh nam buidseatan againn bheir sinn taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha sinn a' tabhann ghoireasan pàighidh do dh'Fhèis Bharraigh, Fèis a' Bhaile is Fèis Spè agus tha sinn a' toirt taic don obair Fhèise, is cuid de na Leasachaidhean Ùra, aig Fèis Rois.	
AC25	A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach.	
AC26	A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean agus bidh sinn a' sgaoileadh ceisteachan rannsachaidh am measg prìomh luchd-obrach nam Fèisean is buill nan comataidhean feuch dè am beachd a th' aca air mar a choileanas sinn ar dleastanasan agus ciamar a b' fheàrr a b' urrainn dhuinn an cuideachadh. Bidh sinn cuideachd a' measadh ar n-oidean YMI, a' sealltainn orra sna sgoiltean, gus na comasan aca a mheasadh agus gus moladh dhaibh ciamar a b' urrainn dhaibh piseach a thoirt air na dòighean-teagaisg aca. Thèid measadh bhon taobh a-muigh a dhèanamh bho àm gu àm air obair	

				Fèisean nan Gàidheal le buidhnean a tha cur airgead an seilbh na h-obrach sin. Bidh sinn cuideachd a' toirt sùil às ùr air na sgilean a th' againn taobh a-staigh na buidhne, is an dòigh anns am bi sinn a' taghadh Buill a' Bhùird Stiùiridh ro 31 Màrt 2013 mar phàirt de HIE 10 gu h-ìosal.			
Fiosrachadh Àireamhail							
Obraichean (air an cruthachadh/gleidheadh) FTE	17.9	Teachd-a-steach bho mhalairt	£49,481	Buidhnean coimhearsnachd a chaidh a stèidheachadh	1	Buidhnean coimhearsnachd le barrachd comais	7
Tabhartasan do dh'Fhèisean	£65,345	Cosgais iomlan obair nam Fèisean	£210,062	Teachd-a-steach iomlan a nì na Fèisean	£135,717	Stòrais ùra a nì teachd-a-steach	1
Tachartasan cultarach	19	Daoine a gheibh buannachd	1,975	Compàirtichean	677	Luchd saor-thoileach	85
Obair gus lìonraidhean a chruthachadh	2	Seirbheisean/goireasan ùra/leasaichte	1	Seiseanan leasachaidh don luchd-obrach	20	Luchd-trèanaidh	95
Cèilidhean air Chuairt	0	Luchd-èisteachd nan Cèilidhean air Chuairt	0	Tachartasan an lùib nan Cèilidhean air Chuairt	0	Pròiseactan a nì feum do dh'eaconamaidh na Gàidhlig	1,502
Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean							
InG1	Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cur an gnìomh phlanaichean airson Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam is na Coimhearsnachd às dèidh do Bhòrd Fèisean nan Gàidheal aontachadh ris an sgeama fon ainm Fèisgoil. Tha sinn an dòchas gum bi i air a stèidheachadh san Lùnastal 2012 agus gum bi an t-seirbheis an gnìomh sa bhliadhna sgoile 2012-13.			
InG2	A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn den bheachd gun tèid an teachd-a-steach a tha sinn fhìn a' cosnadh, tha sin 40% den teachd-a-steach iomlan againn mu thràth, am meud ri linn seirbheisean a bharrachd a thabhainneas sinn mu choinneimh chothroman a th' ann an-dràsta. Tha sinn an dòchas an àireamh seo a chur suas gu mòr.			
InG3	17.5 obraichean Ionann is Làn-thìde a ghleidheadh ann an sgìre obrach HIE air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	An-dràsta tha 14.2 obraichean FTE aig a' bhuidhinn. Ge-tà, le cothroman cosnaidh a bharrachd an lùib Fèisgoil is cùmhnantan eile tha sinn gu mòr an dòchas gum bi 17.5 obraichean FTE againn mar a tha HIE ag iarraidh.			
InG4	Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Thèid feadhainn de na tachartasan an lùib Bhlais is nan Cèilidhean air Chuairt a chumail sna sgìrean cugallach nas fhaide dhen bhliadhna. Nì sinn ar dìcheall gus obair Fèisean nan Gàidheal a chur air adhart a bhios gu sònraichte ag			

			amas air na sgìrean cugallach.	
InG5	Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Chaidh na ciad choinneamhan airson iomairtean dràma a chur air dòigh le Bòrd na Gàidhlig is Alba Chruthachail agus chuir Fèisean nan Gàidheal romhpa tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air na cothroman còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig, agus daoine eile, gus an roinn seo a neartachadh san fharsaingeachd, agus an lùib sin ag obair còmhla ri inbhich. Thig tuilleadh adhartais air seo san dàrna ràith.	
InG6	A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phrògram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh'oidean gu cunbhalach. Chaidh trèanadh Gàidhlig a chumail sa chiad ràith, mar a chìthear gu h-àrd aig CS5. Thuige seo tha sinn air a bhith a' toirt seachad a' mhòr-chuid de thrèanadh do dh'oidean is luchd-eagrachaidh sa Ghearran is sa Mhàrt gach bliadhna, ach tha sin an-dràsta a' sireadh bheachdan bho na Fèisean feuch am bu chòir seo atharrachadh is am bu chòir trèanadh a bhith ri fhaotainn nas trice na seo do bhuidhnean nas lugha agus aig àm sam bith. Gheibh sinn toraidhean an rannsachaidh seo san dàrna ràith.	
InG7	A dhèanamh cinnteach gu bheil 8,206 compàirtichean/luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs ann am pròg ram sgilean nam Fèisean, ann an sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn an ìre mhath cinnteach gun coilean sinn an targaid seo airson 2015 agus chìthear na figearan airson a' chiad ràith de 2012-13 gu h-àrd fo Fhiosrachadh Àireamhail.	
InG8	Sanasachd ga dèanamh air Cèilidhean air Chuairt is Fèis Bhlais gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta agus iad nan tarraing mhòr a thaobh cùisean turasachd chultarach, ro 31 Màrt 2015.	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn ri oidhirpean mòra gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta, agus tha sinn an dòchas a bhith ag obair nas dlùithe còmhla ri VisitScotland is EventScotland is companaidhean turais fa leth gus an dèan sinn sanasachd nas fharsainge air an dà iomairt.	
InG9	Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh	Leasachaidhean Ùra	Faicibh CS17 gu h-àrd.	
InG10	Sgrùdadh a dhèanamh air ar dleastanasan, freagarrachd is èifeachd Bòrd Fèisean nan Gàidheal, ro 31 Màrt 2013	Leasachaidhean Ùra	Mar a chìthear fo CS26 tha sinn an dùil sgrùdadh mar seo a chumail ron cheann-latha seo, ann am compàirt ri luchd-obrach HIE, mar a chaidh aontachadh.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1	Fianais air taic phragtaigeach a thugadh don Sgeama Comhairleachaidh Phàrant. Conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus luchd-obrach Comann nam Pàrant agus Leasaiche Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig gus cothroman a chomharrachadh a thaobh trèanadh is sanasachd do dh'fhoghlam Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha sinn a' gabhail a h-uile cothruim a gheibh sinn gus Gàidhlig agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart aig Fèisean, Blas agus tachartasan eile. Tha sinn a' neartachadh nan ceanglaichean againn ri Comann nam Pàrant ann an diofar sgìrean. Na bu tràithe air a' bhliadhna chuir sinn air dòigh trì làithean teaghlaich an lùib nam Fèisean mar phàirt de cho-obrachadh eadar an t-Oifigear Leasachaidh againn ann an Loch Abar agus a' bhuidheann ionadail an sin aig Comann nam Pàrant. Bidh Fèisean nan	

			Gàidheal a' toirt taic do Chomann nam Pàrant Phort Rìgh a thaobh rianachd, ghoireasan agus faodaidh iad tighinn gu na tachartasan againn gus sanasachd a dhèanamh air an obair aca.	
I, Fiona Johnston, being the Company Secretary of **Fèisean nan Gàidheal Limited** (the "Company"), hereby certify that the following is a true extract from the minutes of a quorate and duly convened meeting of the Directors of the Company at which all appropriate interests were declared and which was held on 21 September 2012.

"There was produced to the meeting (1) the facility letter from the Clydesdale Bank PLC ("the Bank") dated and accepted by the Borrower which sets out the terms and conditions on which the Bank currently makes available the overdraft and other banking facilities ("the Facilities") to the Company and (2) an amendment letter (the "Letter") from the Bank dated 31 May 2012 which sets out the amendments to the Facility Letter to the terms and conditions on which the Bank is prepared to continue to make available the Facilities to the Company.

After due and careful consideration of the terms of the Letter and of all the relevant circumstances, **IT WAS RESOLVED** that:

1 The continued utilisation by the Company of up to the full amount of the Facilities on the terms and conditions set out on the Facility Letter as amended by the Letter is for the benefit of, and in the best commercial interests of, the Company for the purpose of carrying on its business and that the terms and conditions of the Letter are approved and accepted; and

2 the Letter be executed on behalf of the Company by the Director specified below, who (being a Director) is also authorised to sign on behalf of the Company all such other documents, agreements, certificates, notices, communications or confirmations, including amendments, variations, renewals and extensions, as may be required in connection with the Facilities, the Facility Letter or the Letter."

Signed: ..... Director - Fiona Johnston (Company Secretary)

Dated: 21 September 2012

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-obrach

Agenda Item: 3.2012.05(a)

Ainm	Art MacCarmaig
Dreuchd	Ceannard

Bun fhiosrachadh

Bidh fios aig buill a' Bhùird gur e mise a bhios a' cur ri chèile an aithisg fharsaing air Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal gach ràithe. Le sin, cha bhi mi a' dèiligeadh san aithisg seo ach ri cùisean nach eil a' nochdadh ann an aithisgean eile dhan Bhòrd.

Is mise prìomh oifigear Fhèisean nan Gàidheal a tha a' dèiligeadh ri Fèis Rois agus seo geàrr-iomradh air an obair san robh iad an sàs bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd:

Maoin

Bha na ceistean aig Fèis Rois mun ìre airgid a bha Fèisean nan Gàidheal air tabhann dhaibh airson 2012-13 air an rèiteach anns a' Chèitean.

Tachartasan

Tha samhradh air leth trang air a bhith aig Fèis Rois le na tachartasan a leanas:

- Trad Trails - pròiseact air a ruith ann an co-bhonn ris an TMSA, a' comharrachadh Bliadhna Alba Chruthachail - 41 latha le ceòl air feadh na dùthcha
- Cèilidh air Chuairt an t-samhraidh agus Cèilidh air Chuairt Eadar-nàiseanta
- Pàirt a ghabhail ann am Blas le 'flash mob' agus àite anns a' chuirm dheireannach
- Cuairt timcheall air 9 sgoiltean Gàidhealach leis an taisbeanadh aig Big Sky, "The Boy and the Bunnet", a chaidh air adhart airson a' chiad uair, ann an Gàidhlig, aig Blas 2011
- Pròram de bhùithtean-obrach seinn gach mìos airson inbhich le cuid de na seinneadairean as cliùitiche ann an Alba
- Chaidh DVD a chuir air bhog den chuirm a chaidh air adhart ann an Cùirt an Aodainn san t-Samhain 2011 mar chomharra air 25 bliadhna de dh'Fhèis Rois
- Tha Fèis Rois a-nise a' coimhead air adhart ri Fèis Rois nan Deugairean san Dàmhair agus a' gabhail ri clàradh bho chompàirtichean

Trèanadh airson luchd-teagaisg ICO

Bha a' mhòr chuid den luchd-teagaisg a bhios Fèis Rois a' cur gu feum airson ICO a lìbhrigeadh an làthair aig coinneamh ann an Srath Pheofhair air 6 Lùnastal. Thèid cothroman a chuir Rachael Duff bho Fèis Rois air dòigh airson taic a bharrachd a thoirt do luchd-teagaisg ùr ICO a leudachadh. Bidh neach a tha fìor eòlach air an obair a' coimhead air luchd-teagaisg fhad 's a tha iad sa chlas agus a' toirt dhaibh comhairle an dèidh làimh ma bhios sin a dhìth.

Coinneamhan is eile bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

06.06.12 Làthaireachd aig taisbeanadh Alba Chruthachail ann an Inbhir Nis
19.06.12 Coinneamh le Alasdair Allan BPA agus e air tadhal air oifis Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh
21.06.12 Anns a' chathair air cur air bhog Blas 2012
29.06.12 Taisbeanadh aig Sabhal Mòr Ostaig do sgoilearan bho Àrd-sgoil Lasswade aig a bheil ùidh anns na Fèisean
06.07.12 Làthaireachd aig cèilidh Fèis na h-Òige ann an Inbhir Nis
06.07.12 Làthaireachd aig cèilidh Fèis Chataibh ann an Goillspidh
19.07.12 Coinneamh ràitheil le Ann Marie Reid agus Niall Rois bho InG
20.07.12 Làthaireachd aig coinneamh Alba Chruthachail ann am Port Rìgh mu Leasachadh Tàlant le Venu Dhupa air a ceann
25.07.12 Làthaireachd aig cèilidh ann an Steòrnabhagh gus airgead a thogail airson Fèis Eilean an Fhraoich
06.08.12 Làthaireachd aig Co-chruinneachadh luchd-teagaisg ICO ann an Srath Pheofhair
10.08.12 Làthaireachd aig cèilidh Fèis Thròndairnis anns an Taobh Sear
13.08.12 Coinneamh le Màiri Robasdan agus Caroline Sterritt bho Fèis Spè
17.08.12 Coinneamh le oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd mu Fèisgoil
20.08.12 Chuir mi air dòigh ceòl agus taisbeanadh airson tachartas air a chur air dòigh le Caibineit Riaghaltas na h-Alba ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh aig an robh mi an làthair

21.08.12 Coinneamh le Mìcheal Ruiseal BPA agus e air tadhal air oifis Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh
22.08.12 Coinneamh ann an Inbhir Nis airson planaichean Blas 2013 agus 2014 a chur air dòigh
24.08.12 Coinneamh le Mòrag Stiùbhairt aig Cànan mu phàirt a ghabhail ann an lìbhrigeadh bhùiththean-obrach Film G
27.08.12 Làthaireachd aig co-labhairt Riaghltas na h-Alba ann an Dùn Èideann mu GLPS
30.08.12 Coinneamh le Màiri Robasdan, Caroline Sterritt agus An Comh Jaci Douglas mu thaic sam àm ri teachd airson Fèis Spè
03.09.12 Pàirt a ghabhail sa phròg ram 'Feasgar' aig Cathie NicDhòmhnaill airson còmhradh mu Bhlas
06.09.12 Làthaireachd aig coinneamh a chuir Nicola air dòigh le co-òrdanaichean nan Cèilidhean air Chuairt
06.09.12 Coinneamh le Fiona Cheanadach mu thachartas aig Blas
07.09.12 A' gabhail pàirt ann an tachartas Blas ann an Srath Pheofhair
08.09.12 A' gabhail pàirt ann an tachartas Blas ann an Inbhir Nis
12.09.12 Coinneamh le Iain Mac a' Ghobhainn bho Alba Chruthachail
12.09.12 Coinneamh le Chris Deplano bho Chomhairle Peairt is Ceann Rois
13.09.12 A' gabhail pàirt ann an tachartas Blas ann an Inbhir Nis
15.09.12 A' gabhail pàirt ann an tachartas Blas ann an Inbhir Nis

Ainm	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**
Gnìomh/Toradh	
Adhartas	
Builean Alba Chruthaichail	
AC1	**Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**
Tha mi a' cumail taic ris an sgioba leasachaidh air fad gu cunbhalach a' toirt stìuireadh dhaibh air diofar phròiseactan agus dhan cuideachadh le leasachaidhean ùra. Tha mi a' cumail taic chunabhalach dha Fèis Dhuneideann, Fèis Fhoirt agus Fèis Ghallaibh. Tha mi cuideachd a' feuchainn air daoine a chruinneachadh ann an Obar Dheathain airson feuchainn ris an fhèis ath-bheothachadh sa Bhaile.	
AC2	**Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh**
Bidh mi a' cumail taic le Art is Maria air trì dìofar bhuidhnean a tha air ùidh a shealltain ann a bhith a' toiseachadh Fèis san sgìre aca, Paislig, Cillbhrìde an Ear agus Glaschu.	
AC4	**Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaid nam Fèisean.**
Gu ruige seo tha sinn air iarrtas fhaighinn bho Fèis an Rubha is iad ag iarraidh prìomh thachartas na Fèise aca a stèidheachadh às ùr a thèid a chumail aig toiseach an Lùnastail. Tha dùil againn ri iarrtasan eile nas fhaide air a' bhliadhna.	
AC5	**Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**
Chaidh trì làithean-trèanaidh Gàidhlig a chumail ann an 2012 gu ruige seo le 82 daoine a' gabhail pàirt annta. Bidh sinn a' cur tuilleadh chlasaichean air dòigh ro dheireadh na bliadhna.	
AC7	**Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**
Tha sinn a' cur planaichean ri cheile air son 5 Latha 2013. Tha sinn ag amas air an tachartas a chumail a-rithist aig Na Gearranan eadar 8-13 Giblean.	
AC9	**Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**
Tha an Sgioba-G air a bhith aig 5 Fèisean air a bhliadhna seo agus bidh iad a' tadhail air Fèis Fhoirt, Fèis nan Deugairean (Lochabair), Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile air na mìosan a tha romhainn.	

AC12	**A’ leantainn oirnn a’ cumail taic ri is a’ cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig**
Chaidh crìoch a chur air a’ phròiseact Taigh nan Òran, a chaidh a chumail an co-bhuinn ri Watercolour gus sgrìobhadh òrain a bhrosnachadh. Tha na h-òrain seo a-nis air ar làrach le film goirid a tha ag aithris a’ phròiseact.	
AC13	**Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a’ gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a’ lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**
Air a’ bhliadhna seo chum sinn trì làithean Gàidhlig airson luchd-teagaisg nam Fèisean agus margaid trèanaidh airson buill coamataidhean nam Fèisean. Ro dheireadh na bliadhna bidh sinn a’ cur trì làithean eile air dòigh airson luchd teagaisg. Tha sinn cuideachd an-dràsta a’ dèanamh rannsachadh air na dòighean às fheàrr is urrainn dhuinn a bhith a’ cur air dòigh cothroman trèanaidh do na Fèisean.	
AC14	**Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig.**
Bha mi an làthair aig coinneamh airson Foram Cìùil Òigridh na Gàidhealtachd anns an t-Òg mhios agus bidh mi riochdachadh Fèisean nan Gàidheal aig coinnemahan eile den fhòram anns na mìosan ri teachd.	
AC19	**Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**
Tha Fèis na bliadhna sa a’ ruith eadar 7 – 15 Sultain. Tha mi air a bhith trang a’ toirt taic do stiùiriche na Fèise agus ceannard na buidhne le bhith a’ cur air dòigh Blas 2012 ‘s bidh mi a’ frithealadh grunn thachartas rè na Fèis mar Fear-an-taighe agus riochdaire. Tha mi cuideachd a’ cur ri planaichean Blas airson na bliadhnaichean a tha romhainn.	
AC21	**A’ cumail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a’ toirt taic do dh’obair an Oifigeir Ealain Ghàidhlig**
Bidh sinn a’faighinn cothrom a’ tighinn a-staigh air coinneamh NGASD airson beachdachadh air cuisean drama gu h-àraid. Bidh sinn a coinneachadh bho àm gu àm leis an t-oifigear Ealain airson bruidhinn air leasachadh na h-ealain Gàidhlig.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean	
InG1	**Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**
Tha sinn gu bhith a’ cur air bog an t-seirbheas fèisgoil anns na seachdainean a tha romhainn. Bidh sinn a’ cur trèanadh buidheann de dhaoine a bhios comasach air na serbheisean a tha sinn a’ tabhann a libhrigeadh. Bidh sinn a bruidhinn ri Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean poblach a dh’aithghearr airson obair Fèisgoil a bhrosnachadh.	
InG5	**Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a’ choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015.**
Bha mi an làthair aig coinneamh san t-Òg mhìos airson bruidhinn mu shuidheachadh Dràma ann an Inbhir Nis agus na cothroman a th’ann gus seo a leasachadh. Bhon uairsin tha sinn air coinneachadh ri sgioba drama Eden Court gus beachdachadh air cothroman co-obrachaidh.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig	
BnG1	**Fianais air taic phragtaigeach a thugadh don Sgeama Comhairleachaidh Phàrant. Conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus luchd-obrach Comann nam Pàrant agus Leasaiche Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig gus cothroman a chomharrachadh a thaobh trèanadh is sanasachd do dh’fhoghlam Gàidhlig**

Tha sinn a' gabhail a h-uile cothruim a gheibh sinn gus Gàidhlig agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart aig Fèisean, Blas agus tachartasan eile. Tha sinn a' neartachadh nan ceanglaichean againn ri Comann nam Pàrant ann an diofar sgìrean. Na bu tràithe air a' bhliadhna chuir sinn air dòigh trì làithean teaghlaich an lùib nam Fèisean mar phàirt de cho-obrachadh eadar an t-Oifigear Leasachaidh againn ann an Loch Abar agus a' bhuidheann ionadail an sin aig Comann nam Pàrant. Bidh Fèisean nan Gàidheal a' toirt taic do Chomann nam Pàrant Phort Rìgh a thaobh rianachd, ghoireasan agus faodaidh iad tighinn gu na tachartasan againn gus sanasachd a dhèanamh air an obair aca.

BnG2	**Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Tha co-obrachadh a' leantainn anns gach sgìre iomairt. Bheir sinn taic do Chomunn na Gàidhlig leis na planaichean fa leth aca airson an Iomairtean agus bidh sinn a' dol gu coinneamhan gu cunbhalach gus bruidhinn air mar a tha cùisean a' tighinn air adhart agus air cothroman eile a dh'fhaodadh a bhith ann airson obair còmhla air pròiseactan. Tha an t-Oifigear againn sna h-Eileanan Siar air a bhith ag obair gu dlùth còmhla ris an Oifigear a chaidh fhastadh o chionn ghoirid airson Iomairt Ghàidhlig Loch a Tuath Leòdhais gus taic a chumail ri pàrantan ann an sgìre an Rubha gus Fèis an Rubha a stèidheachadh a-rithist.

BnG3	**Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Tha a h-uile Fèis a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig le taic bho ar n-oifigearan leasachaidh. Tha oidean air a bhith gu math taiceil agus chuir sinn air dòigh làithean trèanaidh far an robh oidean a' faighinn fhaclan is abairtean bunaiteach a dh'fhaodas iad a chleachdadh aig na Fèisean. Bidh sinn a' cur barrachd làithean trèanaidh air dòigh thar nam mìosan a tha romhainn. Bidh luchd-obrach a' dol gu ceithir bùithtean-obrach Gàidhlig sa bhliadhna agus thèid an ath thè a chumail san Lùnastal. Tha fiathachadh ann don a h-uile buidheann Ghàidhlig eile daoine a chur gu na seiseanan Gàidhlig seo far am bi sinn ag ionnsachadh mu ghnàthasan-cainnte, gràmar, sgilean sgrìobhaidh, seanfhaclan agus cuspairean eile a tha freagarrach don obair againn. Thèid na cinn-latha a shanasachd air ar làrach-lìn agus tro bhrathan puist-d a chuirear gu na buidhnean Gàidhlig.

BnG4	**Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Tha an obair seo a' leantainn, gu sònraichte ann an sgìrean nan Iomairtean, agus fhuair a h-uile buidheann Ghàidhlig fiathachadh pàirt a ghabhail ann am Fèis Bhlais agus a bhith frithealadh air na tachartasan far am faod iad sanasachd a dhèanamh air obair na buidhne aca. Am-bliadhna-sa bidh CnaG, Clì agus Comhairle nan Leabhraichean an làthair aig diofar thachartasan aig an fhèis. Tha sinn air a bhith còmhradh ris a' Chomunn Ghàidhealach mu bhith toirt oideachadh is taic do dhaoine a tha gabhail pàirt sna mòdan ionadail air feadh na dùthcha.

BnG5	**Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Chùm sinn coinneamh le Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid mun t-Seirbheis Ealain ùr againn airson foghlam – Fèisgoil – agus tha ùidh mhòr aig a' Chomhairle sna seirbheisean a th' againn. Thèid tuilleadh choinneamhan a chumail le grunn ùghdarrasan ionadail is buidhnean poblach gus bruidhinn mu na seirbheisean Gàidhlig as urrainn dhuinn a thairgse tro Fèisgoil nuair a thèid a chur gu dol gu h-oifigeil.

BnG6	**Coinneamh tràth sa Ghiblean le Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig gus beachdachadh air tachartasan Fèisean nan Gàidheal rè 2012/13 agus air co-obrachadh air ro-innleachd sanasachd airson na bliadhna**

Choinnich sinn ri Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig sa Ghiblean gus bruidhinn mu na pròiseactan againn a bhios a' dol air adhart feadh na bliadhna agus na cothroman a bhiodh ann gus barrachd sanasachd a dhèanamh air an taic a tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt do dh'obair Fèisean nan Gàidheal.

BnG7	**Còmhraidhean cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus Bòrd na Gàidhlig a thaobh brathan-naidheachd a tha a' dol a-mach, le cothrom don Bhòrd briathran a chur nan cois mar as iomchaidh**

Tha sinn a' cur a h-uile brath-naidheachd agus pios fiosrachaidh dhan bhòrd agus tha sinn a' toirt cohtrom dhaibh aithris a chuir mar phàirt dhiubh ma bhios e iomchaidh.	
BnG8	**20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an seachdain chòmhnaidheach chultarach aig àm na Càisge 2013**
Thathar ag obair air planaichean airson ar tachartas Còig Latha an-dràsta a thèid a chumail sa Ghiblean 2013 ann an Leòdhas.	
BnG14	**Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**
Chaidh sinn gu coinneamh fhosgailte leis an Oifigear Ealain is Chultair air 28 Ògmhios agus bidh sinn a' dèanamh cinnteach gum faigh e fiosrachadh gu cunbhalach mu na pròiseactan anns a bheil sinn an sàs.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd	
CnG6	**Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**
Tha sinn ag obair gu dluth le na Fèisean airson a bhith cinnteach gu bheil seo a' tachairt. Tha sinn a' cuideachadh luchd-teagaisg a bhith ag ionnsachadh agus a bhith a' cleachdadh Gàidhlig fad na h-ùine 's leanaidh an obair seo anns an àm ri teachd.	

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh. Bidh sinn a' cumail taic ri còrr is 44 Fèis ann an 2012-13 agus bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh.**

Chaidh taic-airgid a thabhann do 44 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2012-13 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.
Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean (37 ann an sgìre IGE) le 23 ann an sgìrean dubhlanach, pàigheadh a-mach £200,094.00 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £88,403.00 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 30 Fèisean.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaid nam Fèisean.**

Gu ruige seo tha sinn air iarrtas fhaighinn bho Fèis an Rubha airson £500 is iad ag iarraidh prìomh thachartas na Fèise aca a stèidheachadh às ùr. Chaidh a chumail aig toiseach an Lùnastail. Tha dùil againn ri iarrtasan eile nas fhaide dhen bhliadhna.

AC11 **A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom.**

Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2012-13 agus tha sinn an dòchas, le bhith stèidheachadh Fèisgoil, gun tèid againn air seirbheisean a reic do dh'ùghdarrasan ionadail eile gus clasaichean ciùil a lìbhrigeadh tro YMI. Fhuair sin £219,511 a-staigh bho Comhairle na Gàidhealtachd agus tha sin a dèanamh cinnteach gu bheil airgead air a pàigheadh a-mach airson an luchd-teagasg agus na Fèisean air am pàigheadh gu cunbhalach.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Gu ruige seo, ann an 2012-13 cha robh mòran chothroman gus tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair chumail. Ach, bha tòrr de an Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan ionadail agus bha Fèis an Earraich a' cluich airson Riaghaltas na h-Alba nuair a choinnicheas an Caibineat san Eilean Sgitheanach. Bha mi fhèin is Art an làthair as leth Fèisean nan Gàidheal còmhla ri buidhnean Gàidhlig eile.

AC18 **Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba.**

Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo, tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Fèisean nan Gàidheal agus Blas. Tha mi toirt stiùir a thoirt don Oifigear Trèanaidh, Oifigear Dìon Cloinne agus Oifigear Ghnothaichean bho latha gu latha agus luchd obrach eile mar a tha iomchaidh.

Maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Bha mi ag obair gu dlùth còmhla ri Andy Cumming airson cunntasan bliadhnail gu 31 Màrt 2012 agus ràitheil gu 30 Og-mhios 2012 a cuir air dòigh.
Tharraing mi chiad pios airgead a-steach, £23,696.50 bho Comhairle na Gàidhealtachd
Fhuair sin leth do airgead nam bliadhna, £252,500.00 air a-staigh bho Alba Cruthachail
Airgead ràitheil bho Bòrd na Gàidhlig, £70,000.00, cuid dà ràithe air tighinn a-staigh.
Tharraing mi a-steach £28,096.45 airgead chiad ràithe bho Iomairt na Gaidhealtachd.
Connich mi fhèin agus art ri Ann Marie Reid airson a dhol seachad air gnothaichean ionmhais nam bliadhna seo agus dreach a tha I ag iarraidh air aithisgean bho seo a-mach.
£11,858.00 (85%) ri tighinn a-staigh bho Comhairle nan Eilean Siar.
£20,000.00 (100%) ri tighinn a-staigh bho is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Bha sin a cumail sùil gheur air gnothaichean ceangailte ri ionmhais bho mìos gu mìos, agus biodh gu deireadh nam bliadhna, 31 Am Màrt 2013. Tha seo leanntaineach agus anns An Dàmhair thoir sin sùil gheur air am bùidseat a-rithist.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith.**

Cha bhi Blas 2012 cho mòr ri bliadhnaichean eile seach nach d'fhuaras maoineachadh fa leth bho Alba Chruthachail air a shon is nach robh maoineachadh bho Eileanan na h-Alba ann mar a bha airson Blas 2011. Ge-tà, bidh fhathast taghadh farsaing de thachartasan ann leithid consairtean, ceòl sna sgoiltean, buidhnean còmhraidh Gàidhlig, cèilidhean taighe, filmichean, agus tro chompàirteachas le Comhairle nan Leabhraichean, bidh sgrìobhadairean Gàidhlig ann. Cuideachd bidh bàird is luchd-ciùil bho Èirinn ann nuair a thadhlas Cuairt nam Bàrd, a tha air a bhith dol airson bliadhnaichean, air an fhèis le taic £5,000 bho Cholmcille. Tha £4,000 air a pàigheadh a-mach agus £36,750 air tighinn a-staigh bho Comhairle na Gàidhealtachd. Tha sin a feitheamh ri £36,750 an darna cuid tighinn a-staigh.
Tha tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt.**

Thèid taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2012 agus bha iad a' cluich aig còrr is 200 cèilidh is tachartas air feadh na h-Alba. Bha Cèilidh air Chuairt aig Fèis Fhoirt airson a' chiad uair ann an sgìre Shruighlea is na h-Eaglaise Brice. Cuideachd bha Fèis Rois a' cumail pròg ram farsaing de Trad Trails an co-bhuinn ri TMSA, a thuilleadh air a' Chèilidh air Chuairt aca.
Tha £71,836.00 a dol a-mach gu Fèisean airson na Cèilidhean air Chuairt. Chuidich mi Nicola Simpson airson airgead LEADER+ £5,522.70 fhaighinn a-staigh agus tha iarrtais air a dol a-staigh airson £3,417.34 gu Leader+ Earra Ghàidheal. Tha sin a fèitheamh ris an airgead seo. Coinnich sin ri Nicole Wallace airson bruidhinn air ionmhais na bliadhna seo.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail.**

Thèid Co-labhairt 2012 a chumail sa Ghearasdan air 21 is 22 Sultain ann an Taigh-òsta Cheann an Iar. Tha sin toilichte gu bheil an Comhairliche Ailean MacEanraig gu bhi na neach labhairt.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh.**

Taobh a-staigh nam buidseatan againn bheir sinn taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha mi a' cur ghoireasan sgeama tuarastail air dòigh. do dh'Fhèis Bharraigh, Fèis a' Bhaile is Fèis Spè. Thug mi taic do Fèis Spè airgead a tarraing a-staigh bho LEADER.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG. (Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte) Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas.

Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr bho £23.00 gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm.

AC26 **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd.**

Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean agus bha mi a' sgaoileadh ceisteachan rannsachaidh a rinn mi air Survey Monkey anns an Lunastal. Chaidh seo a sgaoileadh am measg prìomh luchd-obrach nam Fèisean is buill nan comataidhean feuch dè am beachd a th' aca air mar a choileanas sinn ar dleastanasan agus ciamar a b' fheàrr a b' urrainn dhuinn an cuideachadh. Tha beachdan a tighinn a-staigh bho nam Fèisean an dràsta fhèin.

Bidh sinn cuideachd a' toirt sùil às ùr air na sgilean a th' againn taobh a-staigh na buidhne, is an dòigh anns am bi sinn a' taghadh Buill a' Bhùird Stiùiridh ro 31 Màrt 2013 mar phàirt de HIE 10 gu h-ìosal.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG2 **A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt.**

Tha sinn den bheachd gun tèid an teachd-a-steach a tha sinn fhìn a' cosnadh, tha sin 40% den teachd-a-steach iomlan againn mu thràth, am meud ri linn seirbheisean a bharrachd a thabhainneas sinn mu choinneimh chothroman a th' ann an-dràsta. Tha sinn an dòchas an àireamh seo a chur suas gu mòr. Tha sin a toirt a-staigh airgead rianachd airson pròiseactan a tha sin a cur air dòigh. Tha sin a toirt a-staigh £1,700 bho Fonn Ratharsair agus £1,500 bho Celtic Neighbours airson Branwen.

InG4 **Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015.**

An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Thèid feadhainn de na tachartasan an lùib Bhlais is nan Cèilidhean air Chuairt a chumail sna sgìrean cugallach nas fhaide dhen bhliadhna. Nì sinn ar dìcheall gus obair Fèisean nan Gàidheal a chur air adhart a bhios gu sònraichte ag amas air na sgìrean cugallach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist.**

Tha co-obrachadh a' leantainn anns gach sgìre iomairt. Bheir sinn taic do Chomunn na Gàidhlig leis na planaichean fa leth aca airson an Iomairtean agus bidh sinn a' dol gu coinneamhan gu cunbhalach gus

bruidhinn air mar a tha cùisean a' tighinn air adhart agus air cothroman eile a dh'fhaodadh a bhith ann airson obair còmhla air pròiseactan. Tha an t-Oifigear againn sna h-Eileanan Siar air a bhith ag obair gu dlùth còmhla ris an Oifigear a chaidh fhastadh o chionn ghoirid airson Iomairt Ghàidhlig Loch a Tuath Leòdhais gus taic a chumail ri pàrantan ann an sgìre an Rubha gus Fèis an Rubha a stèidheachadh a-rithist. Tha luchd-obrach air fad ag obair uairean airson nan Iomairtean agus tha sin a clàradh seo. Tha sinn air leth deònach seo a dhèanamh agus cumaidh sinn taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a' tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th' againn agus tha sinn an dùil gun gabhadh 500 uair de thaic bhon luchd-obrach a choileanadh. Tha FnG a' dèanamh oidhirp gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh sgìre Phort-rìgh, tha sinn a' ruith 'cofaidh agus còmhradh' uair san t-seachdain far am faigh daoine cothrom Gàidhlig a bhruidhinn gu nàdarra, agus na sgilean aca a thoirt air adhart.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile.**

Tha an obair seo a' leantainn, gu sònraichte ann an sgìrean nan Iomairtean, agus fhuair a h-uile buidheann Ghàidhlig fiathachadh pàirt a ghabhail ann an trèanadh Gàidhlig an luchd -obrach againn am bliadhna. Tha Seonag Anderson aig Clì a toirt taic le feumalachdan Gàidhlig luchd-obrach agus luchd-teagasg. Tha sin a toirt fiosrachadh tachartasan anns an sgìre do Sine Gillespie aig CnaG, a h-uile ràithe.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean air feadh na dùthcha le tabhartasan maoineachaidh, àrachas (tha àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2012 le àrachas ùr iomchaidh), stòras ionnstramaidean (air a deagh cleachdadh), trèanadh cunbhalach do bhuill nan comataidhean agus barrachd.

Builean Comhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Thèid taic a chumail ri 21 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2012-13.

CnG4 **Dèan cinnteach gu bheil co-dhiù £24,000 air a roinn eadar co-dhiù 19 Fèisean a rèir foirmle a chaidh aontachadh.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air £111,924 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2012-13, a' gabhail a-steach an £24,000 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

CnG5 **Dèan cinnteach gu bheil £23,393 air a chleachdadh gus taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean is airson cosgaisean coitcheann Fèisean nan Gàidheal.**

Thathar a' cosg an còrr der tabhartas, £23,393, air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.

Builean Chomhairle nan Eilean Siar

Cnes 1 **£8,550 den mhaoineachadh bhon Chomhairle ann an 2012-13 a chosg sna h-Eileanan Siar a rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £36,519 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar , a' gabhail a-staigh an £8,550 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.

Cnes 2 **Thèid £5,400 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.**

Thèid an £5,400 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.

Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

AB1 **£6,500 den mhaoineachadh bhon Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an 2012-13 a chosg sa sgìre a-rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £26,618 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an £6,500 bhon Chomhairle, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.

AB2 **Thèid £13,500 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.**

Thèid an £13,500 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Ainm	**Iona NicDhòmhnaill**
Dreuchd	**Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail	
AC5	**Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**
Chaidh clasaichean luchd-obrach a chumail air 23 Lùnastal, le clasaichean aig dà ìre – Eadar-meadhanach agus Fileanta. Bha 9near ann. Tha iarrtasan a' tighinn a-staigh an-dràsta bho luchd nam fèisean airson taic le clasaichean Gàidhlig gu h-ionadail. Tha na clasaichean Gàidhlig do luchd-obrach air a shanasachadh.	
AC10	**A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin**
Gun ghluasad an-dràsta.	
AC13	**Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**
Tha seisean trèanaidh luchd-teagaisg againn anns a' Ghearran, a tha fosgailte do luchd teagaisg nam fèisean, daoine a tha an dùil teagasg aig fèisean agus do bhuidhnean eile. Tha e a-nis a' toirt seachad teastanais aig 3 ìrean. Tha a' mhòr-chuid de thrèanadh a' tachairt anns a' Mhàirt – faodaidh seo a bhith ann an cruth mhargaidh, leis a h-uile rud còmhla, no ann an sgìrean ionadail, a-rèir feumalachdan nam fèisean.	
AC14	**Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig**
Tha Fèisean nan Gàidheal a' gabhail pàirt san iomairt "Celtic Neighbours", aig a bheil buill anns a' Chuimrigh, Èirinn, agus Alba. Tha neach-obrach Fèisean nan Gàidheal air a' bhòrd-stiùiridh de Cheltic Neighbours CIC. Tha Alba Chruthachail/Bòrd na Gàidhlig agus Pròiseact nan Ealan cuideachd a chur ris.	
AC19	**Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**
Tha sinn gu bhith a' libhrigeadh "Cuairt nam Bàrd", le bàird agus luchd-ciùil Èirinn mar phàirt de Bhlas, le taic bho Cholmcille. Gabhaidh dithis bhàrd Èireannach, pìobaire agus seinneadair pàirt, còmhla ri 11 bàird ionadail agus luchd-ciùil an taobh a-staigh seachdain.	
AC22	**A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**
Cuairt nam Bàrd air feadh na Gàidhealtachd.	
AC23	**Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**
Thèid Co-labhairt 2012 a chumail sa Ghearasdan air 21 is 22 Sultain.	
AC25	**A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus rèir atharrachaidhean san lagh**
Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach. Thathas a chumail poileasaidh fo sgrùdadh, agus a' toirt taic le bhith ga chur an gnìomh. Tha seiseanan trèanaidh a ruith gu cunbhalach.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean	
InG6	**A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-**

	trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròg ram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015

Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh'oidean gu cunbhalach. Chaidh trèanadh Gàidhlig a chumail sa chiad ràith, mar a chìthear gu h-àrd aig CS5. Thuige seo tha sinn air a bhith a' toirt seachad a' mhòr-chuid de thrèanadh do dh'oidean is luchd-eagrachaidh sa Ghearran is sa Mhàrt gach bliadhna, ach tha sin an-dràsta a' sireadh bheachdan bho na Fèisean feuch am bu chòir seo atharrachadh is am bu chòir trèanadh a bhith ri fhaotainn nas trice na seo do bhuidhnean nas lugha agus aig àm sam bith. Gheibh sinn toraidhean an rannsachaidh seo san dàrna ràith.
Thèid dèiligeadh ri iarrtasan trèanaidh aon-neach a rèir feum, buidseat, agus dlùthachd.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2	**Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Cofaidh is Còmhradh a' ruith gach seachdain aig oifis Phort Rìgh.

BnG3	**Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

2 air a chumail am-bliadhna. Thèid na cinn-latha a shanasachd air ar làrach-lìn agus tro bhrathan puist-d a chuirear gu na buidhnean Gàidhlig.

BnG4	**Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Iomairt, Clì, CnaG – Trèanadh agus taic

BnG13	**A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròg ram coimhearsnachd Bhlais**

Cuairt nam Bàrd a' tadhal air Bun sgoil Shlèite, agus Sabhal Mòr Ostaig.

BnG14	**Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Ag obair gu cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair gus an iomairt "Celtic Neighbours" a chur air adhart.

Ainm Dreuchd	**Moreen Pringle** **Oifigear Ghnothaichean**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC3	**Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca.

Anns an raìthe seo, chur mi thabhartasan a-mach gu 12 Fèisean.

AC16	**Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean**

Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a' cheannach (www.feisean.org/shop.html).

Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bùithtean, m.s.a.a. Tha mi a cur a-mach fiosrachadh gu Fèisean gu cunbhalach. 'Se cothrom math tha ann airson airgead a thogal.

AC23	**Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

Bidh an Co-labhairt Bhliadhnail 2012 ann an Taigh-òsta Cheann an Iar, anns a' Ghearasdan air 21/22 Sultain. Chaidh na cuireadhean a' mach.

AC24 **A’ cumail oirnn a’ toirt taic do dh’Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnstramaidean diofarach airson clasaichean ùra a tha iad a’ tòiseachadh. Tha Fèis an Earraich ag iarraidh clàrsaich airson clasaichean ùra aca.

AC25 **A’ cumail oirnn a’ dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.

Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Tha mi a’ toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Ceangailte ri BnG10.

Ainm	**Dougie Beck**
Dreuchd	**Oifigear Drama**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC5 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a’ bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

Am measg nan tachartasan dràma a rinn sinn o chionn ghoirid tha an Fhèis Dhràma do sgoiltean Loch Abar is Earra-Ghàidheal, a thàinig gu crìch le feasgar de dhràma san Òban aig toiseach a' Chèitein (7 sgoiltean, 121 chloinne) agus an Sgoil Shamhraidh Dhràma aig toiseach saor-làithean an t-samhraidh (10 com-pàirtichean). Bidh Fèisgoil ag àrdachadh na h-obrach a bhios sinn a' dèanamh, an dà chuid a thaobh obair thaisbeanaidh agus bùthan-obrach, ach tha sinn mar tha air cinn-latha a chur sna leabharaichean-làimhe airson panto san Dùbhlachd, cuairt mhòr eadar a' bhliadhn'-ùr agus an t-earrach, Fèis Dhràma san Eilean Sgitheanach agus an Fhèis Dhràma bhliadhnail ann ann Loch Abar/Earra-Ghàidheal. Bidh sinn cuideachd ag obair leis a' Chomunn gus taic a thoirt dhaibh le obair ullachaidh airson a' Mhòid. Bidh mi ag obair ann an sgoiltean Loch Abar mar phàirt de phrògram a' Mhòid.

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a’ cur tachartasan air dòigh**

Chanainn gum bi caochladh math de dh'Fhèisean a' dèanamh feum de sheirbhisean Fèisgoil am-bliadhna, agus bidh mi fhìn an sàs an dà chuid ann a bhith ag ullachadh nan stuthan-teagaisg agus gan lìbhrigeadh.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a’ neartachadh foghlam Gàidhlig**

Anns an fharsaingneachd, bidh a' mhòr-chuid den obair againn a' neartachadh foghlam Gàidhlig, an dà chuid ann an sgoiltean Beurla is Gàidhlig. A rèir a' mheasaidh a fhuair sinn, chuir tidsearan agus sgoilearan ri chèile fàilte air an obair a rinn sinn an-uiridh, eadar bùthan-obrach, clasaichean Gàidhlig agus taisbeanaidhean. Am-bliadhna bidh sinn an sàs ann am panto, cuairt mhòr tro mheadhan na Gàidhlig, bùthan-obrach anns an Eilean Sgitheanach, Loch Abar is Earra Ghàidheal, clasaichean Gàidhlig ann an sgoiltean Siorrachd Pheairt is clasaichean Gàidhlig ann an sgìrean eile. Bidh tòrr dheth seo fo bhratach Fèisgoil, agus bidh obair eile ga dèanamh a rèir iarrtais.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a’ gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a’ lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Tha mi an dùil a bhith an sàs ann an trèanadh luchd-teagaisg Fèisgoil.

AC17 **A’ togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh’aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a’ dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Thàinig Fèis Dhràma Loch Abar is Earra Ghàidheal gu crìch le feasgar de dhràma le taisbeanaidhean bho sheachd sgoiltean. Bha 121 chloinne an sàs, le timcheall air 50 san èisteachd, a bharrachd air na com-pàirtichean. Thàinig SSD2012 gu crìch ann an Stiùideo FÀS, SMO, le com-pàirtichean SSD agus Fèis Alba le chèile air an àrd-ùrlar.

AC22 **A’ cumail oirnn a’ cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Tha tòrr de na h-iomairtean dràma/cànain air tachairt ann an sgìrean Iomairt, Fèis Dhràma Loch Abar is Earra Ghàidheal, SSD, tòrr de chuairt Mheanbh-chuileag, tòrr den phanto agus a' mhòr-chuid de na bùthan-obrach dràma is na clasaichean cànain nam measg. Tha sinn an-dràsta a' bruidhinn ri Eden Court a thaobh dhòighean co-obrachaidh, is tha e coltach gum bi tòrr den a seo taobh a-staigh sgìre Iomairt Inbhir Nis.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Tha Fèisgoil a' faighinn air a casan, le beagan sanasachd air a dhol a-mach, is tha Aonghas an-dràsta ann an siorrachd Pheairt air a' chiad chuairt aig Fèisgoil. Bidh sinn a' putadh na seirbhis aig an Fhèill Ionnsachaidh, goirid ron Choinneamh Bhliadhnail. Tha sanasan air a dhol a-mach airson na h-oidean eile a bhios sinn a' feumachdainn airson na seirbhis a thoirt air adhart, is bidh mi an sàs ann a bhith gan trèanadh.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a’ choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Bha sinn an sàs anns a' choinneamh BnaG 28 Ògmhios aig Eden Court, is tha sinn air aontachadh obrachadh còmhla ri Eden Court sa chiad dol-a-mach, ach cuideachd le Comhairle na Gàidhealtachd is an Comunn. Bidh sinn a' glèidheadh cheanglaichean le SMO, gu h-àraid tro Artair Donald. Tha e gu mòr airson gun obraich sinn còmhla air grunn phròiseactan.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Mar a thuirt mi gu h-àrd, bidh sinn a' co-obrachadh le Eden Court, agus tha e coltach gum bi an Comunn is Comhairle na Gàidhealtachd na lùib cuideachd. Thèid an ceangal le SMO a dhaingneachadh aon uair 's gum faigh mi cothrom coinneachadh le Artair Donald. Tha ceangal maireannach againn leis an Stòrlann a thaobh stuthan teagaisg dràma, agus tha seo a-nise gus a bhith deiseil. Bidh sinn a' lìbhrigeadh bhùthan-obrach a thaobh seo aig a' cho-labhairt bhliadhnail aca.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a’ cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha Aonghas an-dràsta a' lìbhrigeadh obair taic-cànain ann an sgoiltean Siorrachd Pheairt às leth Comhairle Pheairt is Cheann Rois. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd an sàs anns a' cho-obrachadh le Eden Court. Bidh sinn ag amas air Comhairle na Gàidhealtachd, Earra Ghàidheal is Bòd, CnES agus Ùghdarrasan Ionadail le Fèisgoil.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a’ gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**

Ged a thuit àireamhan SSD bho 24 ann an 2011 gu 10 ann an 2012, tha sinn an dùil gun èirich sin a-rithist ann an 2013. Bidh sinn a' sanasachd ann an dòigh diofraichte, agus tha sinn a' beachdachadh air àite eile is àm diofraichte den bhliadhna.

BnG11 **Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig**

Bidh a' chuairt a' gabhail àite tràth ann an 2013, is tha sinn a' beachdachadh air rudeigin a bhios freagarrach airson Bliadhna Alba Nàdarra, 's dòcha a' co-obrachadh le buidhnean leithid DNA.

BnG12 **80 bùiththean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Bidh sinn a' ruighinn na targaid seo gun cus dragh, eadar an obair a tha mar-thà air a' chlàr ann an Earra

Ghàidheal, Loch Abar is an t-Eilean Sgitheanach, co-obrachadh Eden Court, Fèisgoil is Blas.

BnG13 **A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròg ram coimhearsnachd Bhlais**

Tha mi gus a dhol a-mach a thoirt seachad bùthan-obrach dràma/Gàidhlig ann an sia sgoiltean ann an Loch Abar. Tha mi an dùil gum faic mi timcheall air 140 chloinne thar trì làithean.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Bidh sinn a' bruidhinn gu tric ri Brian, eadar coinneamhan foirmeil is mì-fhoirmeil, is bidh sinn a' cur fios thuige mu na tachartasan anns a bheil sinn an sàs.

Ainm	**Angus Macleod**
Dreuchd	**Drama Officer**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail	
AC6	**Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

An Sgoil Shamhraidh Dhràma

Chaidh Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna sa a chumail eadar 2-13 Iuchar.
A' leantainn cruth na sgoile anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh, chaidh clasaichean a chumail ann am Port Rìgh leis an oidhche thaisbeanaidh air a chumail air Diardaoin 12 Iuchar aig Stiùidio Fàs ann an Slèite. Uile gu lèir bha 10 compàirtiche ann, àireamh gu math iosal an taca ri bliadhnaichean eile.

Tha sgrùdadh a' dol air adhart an dràsta le sùil gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh gus àireamhan àrdachadh sa Sgoil Shamhraidh Dhràma ann an 2013.
Thèid co-dhùnadh a dhèanamh air cinn latha na sgoile samhraidh, fad, àite, cruth agus an aois air a bheilear ag amas.

Chaidh ceisteachainn ullachadh le Survey Monkey mun Sgoil Shamhraidh Dhràma 's chaidh iad a' sgaoileadh as dèidh làimh air post-d agus tron phost do chompàirtichean agus air post-d a-mhàin don luchd-oide.
Chaidh ceisteachainn eile ullachadh as leth Bòrd na Gàidhlig dom b'ainm 'Dràma na Gàidhlig – Dè tha sibh ag iarraidh???'. Chaidh sin a chur gu compàirtichean cuideachd ann am post-d agus sa phost.
Thathar fhathast a' trusadh measaidhean bho compàirtichean agus luchd-oide.

AC8	**Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Geamannan iomchaidh agus stuthan teagaisg Sgioba G air ullachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich agus taic leantainneach air a thoirt do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

AC12	**Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**

Fèisgoil

A' leantainn air na seirbheis a cheannaich Comhaire Siorrachd Pheairt 's Cheann Rois bhuainn tro Fèisgoil thòisich mi a' teagasg clasaichean Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh ann am bun-sgoiltean 2 latha san t-seachdain, le latha slàn aig Sgoil Rioghail Dhun Chailleinn, madainn aig Bun-sgoil Cheann Loch Rainneach agus feasgar aig Bun-sgoil Ghleann Liomhainn.

Storlann

- Ag obair ann a bhith a' cur dreach na stèidse air sgeulachdan às an leabhar chloinne aig Stòrlann 'Mar a chuala mis' e'.
- Thèid bùthan-obrach 'Stòiridh gu stèidse' a thabhann aig a' cho-labhairt airson tidsearan na Gàidhlig 'An t-Alltan' a thèid a chumail air an 3mh agus 4mh latha den Dàmhair anns an Aghaidh Mhòr.

AC13	**Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail**

	pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta

Leasacahadh Proifeiseanta
Eadar 6 agus 10 Lùnastal, fhuair mi leasachadh proifeiseanta tron chùrsa 'A' Teagasg Cleasachd: Dràma Gàidhlig' a chaidh a lìbhreagadh tron cho-bhonntachd eadar Conservatoire Rioghail na h-Alba agus Sabhal Mòr Ostaig.

Latha Trèanaidh Gàidhlig le Gilleasbuig Fearghasdan ann an Àros, Port Rìgh air 23/08/12

AC16	**Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean**

- Chaidh pròg̀raman Blas a' sgaoileadh ann an Inbhir Nis agus Dùn Chaillein.
- Chaidh na bileagan 'Gaelic: A language for All' a' sgaoileadh air sgoiltean le cùmhnant le Fèisgoil ann an siorrachd Pheairt agus Cheann Rois.
- fèis - a years of the fèis movement – chaidh trì bocsaichean de na leabhraichean seo a thoirt do sgoiltean ann an sgìre Chomhairle Pheairt 's Cheann Rois mar thiodhlaic.
- Tha planaichean air tòiseachadh gus stuthan foillseachaidh a sgaoileadh aig Fèill Ionnsachaidh na h-Alba aig an SECC, Glaschu air 19 agus 20 Sultain.

AC17	**A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

- Gu bhith an làthair aig Fèill Ionnsachaidh na h-Alba aig an SECC, Glaschu air 19 agus 20 Sultain
- Gu bhith an làthair aig co-labhairt Stòrlann airson luchd-teagaisg na Gàidhlig 'An t-Alltan' air 3 agus 4 Dàmhair.

AC26	**A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd**

Sanasachd

- www.feisean.org
  Obair leantainneach ann a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal agus pròiseactan dràma.
- www.facebook.com/feisean
  A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal.
- www.youtube.com/feiseannangaidheal
  A' deasachadh fiolmaichean goirid airson cunnntas You Tube Fèisean nan Gàidheal.
- Chaidh an oidhche thaisbeanaidh a bh'aig an Sgoil Samhraidh Dràma agus Fèis Alba aig Stiùidio Fàs a fiolmadh.
  Thathar a' gearradh na chaidh a chlàradh gus an gabhadh fhaicinn air dvd agus air-loidhne.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean	
InG1	**Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Taic agus molaidhean air a thoirt seachad ann a bhith a deasachadh agus a stèidheachadh Fèisgoil.

InG5	**Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

- Coinneamh fòn air a chumail air 17 Lùnastal le Liz Carruthers a dh'fhaighnich airson beachd Fèisean nan Gàidheal ann a bhith a leasachadh an cùrsa MA 'Teagasg Dràma' a tha Conservatoire Rioghail na h-Alba agus Sabhal Mòr Ostaig a deasachadh an dràsta.
- Coinneamh le Manaidsear Cruthachail Eden Court Kati Kozikowska agus an obraiche cruthachail Gàidhlig Ruairidh MacNeacail a chaidh a chumail air 28 Lùnastal le sùil seirbheis agus pròiseactan a' stèidheachadh eadarainn gus dràma na Gàidhlig a leasachadh aig ìre òigridh agus coimhearsnachd.

- Thèid an dàrna choinneimh a chumail le Kati Kozikowska agus Ruairidh MacNeacail à Eden Court a chumail air 14 Sultain.
- Coinneamh leis an neach ealain Ariel Killick a tha stèidhte ann am Beul Feairte air 8 Lùnastal aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha Ariel fileanta ann an Gàidhlig agus Gaeilge agus tha i a' sireadh taic gus cuairt a dhèanamh le dealbh-cluich dà-chànanach ann an Gàidhlig agus Gaeilge.
  Às dèidh dhìth taic-airgid fhaighinn bho Iomairt Cholm Chille gus obair rannsachaidh a dhèanamh air a shon tha cothrom aig Ariel Killick coinneachadh ri Fèisean nan Gàidheal ann an Glaschu air 19 Sultain.

Builean Bhòrd na Gàidhlig	
BnG4	**Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Fèisgoil
Tro Fèisgoil bidh mi ag obair ann an co-bhonn le FilmG, a' toirt taic dhaibh ann a bhith a' lìbhreagadh bùthan-obrach gus fiolmaichean goirid a dhèanamh le buidhnean sgoile tro 2012/2013.

Storlann
- Ag obair ann a bhith a' cur dreach na stèidse air sgeulachdan às an leabhar chloinne aig Stòrlann 'Mar a chuala mis' e'.
- Thèid bùthan-obrach 'Stòiridh gu stèidse' a thabhann aig a' cho-labhairt airson tidsearan na Gàidhlig 'An t-Alltan' a thèid a chumail air an 3mh agus 4mh latha den Dàmhair anns an Aghaidh Mhòr.

BnG9	**20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**

An Sgoil Shamhraidh Dhràma
Chaidh Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna sa a chumail eadar 2-13 Iuchar.
A' leantainn cruth na bliadhna a dh'fhalbh, chaidh clasaichean a chumail ann am Port Rìgh leis an oidhche thaisbeanaidh air a chumail air Diardaoin 12 Iuchar aig Stiùidio Fàs ann an Slèite.
Uile gu lèir bha 10 compàirtiche ann, àireamh gu math iosal an taca ri bliadhnaichean eile.

Tha sgrùdadh a' dol air adhart an dràsta le sùil gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh gus àireamhan àrdachadh sa Sgoil Shamhraidh Dhràma ann an 2013.
Thèid co-dhùnadh a dhèanamh air cinn latha na sgoile samhraidh, fad, àite, cruth agus an aois air a bheilear ag amas.

Chaidh ceisteachainn ullachadh le Survey Monkey mun Sgoil Shamhraidh Dhràma 's chaidh iad a' sgaoileadh as dèidh làimh air post-d agus tron phost do chompàirtichean agus air post-d a-mhàin don luchd-oide.
Chaidh ceisteachainn eile ullachadh as leth Bòrd na Gàidhlig dom b'ainm 'Dràma na Gàidhlig – Dè tha sibh ag iarraidh???'. Chaidh sin a chur gu compàirtichean cuideachd ann am post-d agus sa phost.
Thathar fhathast a' trusadh measaidhean bho compàirtichean agus luchd-oide.

BnG10	**Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

- Chaidh taic rianachd a thoirt do Fèis na h-Òige agus Fèis a' Bhaile.
- Às dèidh iarrtas fhaighinn bho Sgoil Bàrdachd na Comraidh ann an co-chomann le Fèis a' Bhealaich, lìbhrig mi clas Gàidhlig do dh'inbhich a' cleachdadh an dòigh teagasg aig Ulpan air a Chomraich air Dimairt 26 Ògmhios. An ath mhadainn rinn mi bùth-obrach dràma ann am Bun-sgoil na Comraich far an d'fhuair na sgoilearan cothrom abairtean Gàidhlig ionnsachadh aig an aon àm.

BnG11	**Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig**

- Chaidh planaichean bunaiteach a chur air dòigh airson turas dràma a mhaireadh 6 seachdain a ghabhadh àite eadar am Faoilleach agus a' Mhàirt. Chaidh cuspairean eadar-dhealaichte a dheasbad le fòcas air Bliadhna Nàdair 2013. Thèid fios a chur gu eagrachaidhean compàirtiche a bhiodh iomchaidh

BnG12	**80 bùiththean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

- Chaidh an ochdamh seisean de na bùthan-obrach 'Sgilean Dràma' a' lìbhreagadh anns an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse anns an Ògmhios. Bha 9 buidhnean an sàs à 7 bun-sgoiltean le roinnean Gàidhlig. Ghabh na sgoiltean a leanas pàirt anns a' phròiseact: Bun-sgoil Phort Rìgh, Bun-sgoil Chille Mhoire, Bun-sgoil Stafainn, Bun-sgoil Dhun Bheagain, Bun-sgoil a' Phluic, Bun-sgoil an Ath

Leathainn agus Bun-sgoil Shlèite.
Chaidh foirmean measaidh airson 'Sgilean Dràma' anns an Eilean Sgitheanach, Loch Aillse agus na h-Eileanan an Iar a chur gu na sgoiltean a ghabh pàirt.

- Thèid fios a chur chun Roinn Gàidhlig aig Acadamaidh Inbhir Pheofharain gus faighinn a-mach an gabhadh club dràma Gàidhlig as dèidh na sgoile stèidheachadh sa bhliadhna sgoile 2012/13.

BnG14	**Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

- Coinneamh mu dheidhinn an ro-innleachd airson dràma le Brian O hEadhra, Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail.
- An làthair aig Coinneamh fosgailte mu Leasachadh Dràma na Gàidhlig a chaidh a chumail aig Eden Court air 28 Ògmhios a bha air a stiùireadh le Brian O hEadhra.
- Còmhraidhean le Brian O hEadhra agus Daibhidh Boag, Leasaiche Cànain Gàidhlig, aig Bòrd na Gàidhlig nuair a thadhal iad oirnn aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd	
CnG3	**An àireamh de dhaoine òga a gheibh teagasg Gàidhlig a leudachadh (bho àireamh 2011-12 a bha aig 2,556)**

- Anns a' bhliadhna sgoile 2011-2012, lìbhrig mi còrr is 70 bùthan-obrach 'Sgilean Dràma' tro mheadhan na Gàidhlig airson naoi buidhnean anns na roinnean Gàidhlig aig seachd bun-sgoiltean anns an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse. Tha sreath de bhùthan-obrach anns a' phròiseact 'Sgilean Dràma' a th'air an lìbhreagadh gu cunbhallach tron bhliadhna agus a tha toirt cothrom do na sgoilearan a ghabhas pàirt eòlas fhaighinn ann an roghainn farsaing de sgilean dràma tro mheadhan na Gàidhlig.
  Thathar an dùil pròiseactan dràma a' lìbhreagadh anns an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse sa bhliadhna sgoile 2012/13

CnG6	**Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

- Ag ullachadh geamannan Sgioba G agus stuthan-teagaisg airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich le taic leantainneach air a thoirt do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

- Anns an Òg Mhìos, thug mi taic do Roinn Gàidhlig Àrd-sgoil Phort Rìgh ann a bhith a' deasachadh agus a' lìbhreagadh an dàrna Meanbh-fhèis a chaidh a chumail air Dimàirt 26 Ògmhios.

Name	**Nicola Simpson**
Position	**Ard Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Anns an dreuchd agam mar Àrd-Oifigear Leasachaidh, bidh mi ag obair le aon Fèisean deug, a' thoirt taic dhaibh le iomadach pròiseact agus bidh mi a toirt barrachd taic do cheithir Fèisean eile aig a bheil Cèilidhean air Chuairt. Cuideachd, bidh mi a' toirt stiùireadh làitheil do na h-Oifigearan Leasachaidh anns na sgìrean eile.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Bidh mi a' toirt taic leantainneach do na Fèisean san sgìre agam airson foirmichean-tagraidh a chuir a-staigh airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh airson taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Am bliadhna seo, bha 50% de na luchd-ciùil òga an sàs anns na Cèilidhean air Chuairt ag ionnsachadh

Gàidhlig neo fileanta agus bha clasaichean Gàidhlig airson a h-uile duine aig Fèis Alba mar phàirt den trèanadh aca anns a' Phloc. Air an t-seachdain seo a' tighinn bidh goireas ùr air an làrach-linn againn airson na compàirtichean bho na Cèilidhean air Chuairt a tha ag ionnsachadh Gàidhlig.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachaidh mu dheidhinn cothroman trèanaidh agus tachartasan air post-d, an làrach-linn agus na meadhanan-soisealta.

Tha mi an dòchas gum bi coinneamh agam leis a' bhuideann Skills Development Scotland uaireigin anns na mìosan a tha tighinn airson bruidhinn riutha mu dheidhinn cothroman ùr airson Fèis Alba agus na Cèilidhean air Chuairt a' leasachadh an ath-bhliadhna.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Tha na Cèilidhean air Chuairt air tòrr sanasachd fhaighinn anns na meadhanan tron shamhraidh.

Anns an Lùnastal bha Ceilidh air Chuairt a' Mhonaidh Ruaidh a' cluiche aig Pàrtaidh Gàrraidh Fèill Rìoghachaidh na Banrigh aig Balmoral . 'S e cothrom gu math sònraichte a bha seo airson na compairtichean agus deagh chothrom sanasachd airson na Fèisean.

Bha cothrom aig Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheal a nochdadh air am pròg ram 'An Latha' nuair a bha iad a-mach air an rathad anns an Lùnastal agus bidh comhlan de luchd-ciùil a bha a sàs anns a chiad bliadhna de na Chuairt Ceilidh a' chluich aig Cupa na Camanachd anns an t-Òban air Disathairne 15 Sultain.

Bidh compairtichean bho Lochabair, Rois, Gallaibh agus Fèis Spè a' gabhail pàirt ann am Fèis Bhlas am mìos seo.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas mar riochdaire na Fèisean.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

Thachair Fèis Alba, an tachartas trèanaidh airson na Cèilidhean air Chuairt eadar 2 agus 13 Iuchar le ceathrad's a seachd compairtichean bho na seachd Cèilidhean air Chuairt ionadail agus deich luchd-ciùil òga bho am pròiseact Trad Trails – an Cèilidh air Chuairt nàiseanta.

Cluich na Cèilidhean air Chuairt ionadail aig 122 tachartas agus cluich na còmhlanan Trad Trails aig 100 tachartas a' bharrachd. A' bharrachd air am pròiseact ur Trad Trails, bha seo a chiad bhliadhna airson an Cèilidh air Chuairt Fèis Fhoirt anns an sgìre Sruighlea agus Na Troiseachan.

Anns na seachdainean ri tighinn bidh mi ag obair còmhla ri Anne airson aithisg a chuir gu LEADER. Ged a tha seo an treas bliadhna de na pròiseact Slighean Ùra tha mi fhèin is Anne air a bhith cur seachad mòran ùine ag uallachadh fiosrachadh agus fianais a' bharrachd airson Leader.

Eadar seo agus an Nollaig bidh mi a' sireadh taic-airgid ùr airson na Cèilidhean air Chuairt an ath-bhliadhna.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Anns na sia mìosan a chaidh seachad tha mi air a bhith ag obair gu dlùth leis an t-Oifigear-Leasachaidh aig Fèis Spè, Caroline Sterritt agus am Bòrd Stiùiridh aice airson taic-airgid fhaighinn agus am plana-leasachaidh aca a cuir an gnìomh. Fhuair an Fhèis £10k for Comhairle Peairt is Ceann Rois airson Fèis ùr a' leasachadh ann an sgìre dùthchail Peairt agus 10k taic-airgid bho Gannochy Trust. An-dràsta tha iad a' feitheamh airson freagairtean mu dheidhinn na h-iarrtasan a chuir iad a-staigh gu Cairngorms Leader agus Roberston Trust.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan**

Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015

Air Diluain 10 Sultain, bidh mi a' dol gu coinneamh le Caroline Sterrit, Chris Deplano, an Oifigear Leasachaidh Gàidhlig aig Comhairle Peairt & Cinn Rois agus Debra Salema for Horsecross ann am Peairt airson bruidhinn mu dheidhinn Fèis ùr leasachadh ann an sgìre dùthchail Peairt agus cothroman airson a bhith ag obair còmhla ri chèile. Air an aon latha bidh coinneamh agam le Jerry Randalls bho Comhairle Aonghas mu dheidhinn leasachadh Gàidhlig agus na Fèisean anns an sgìre Aonghais.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Anns an t-Iuchar chaidh an t-Oifigear Dràma againn Aonghas dhan a' Chomraich airson seisean Ulpan a' ruith airson Fèis a' Bhealaich mar pàirt de Sgoil Bhàrdachd na Coimrich.

Bidh Am Parbh, am buidheann leasachaidh Gàidhlig ann an Sgobhairigh a' ruith deireadh-seachdain tro mheadhan na Gàidhlig airson inbhich air 22- 23 Sultain le taic-airgid bho Bòrd na Gàidhlig.

InG8 **Sanasachd ga dèanamh air Cèilidhean air Chuairt is Fèis Bhlais gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta agus iad nan tarraing mhòr a thaobh cùisean turasachd chultarach, ro 31 Màrt 2015.**

Am-bliadhna seo, fhuair mi iomadh puist-dealain tro an larach-linn www.feisceilidhtrails.org bho duine ann an Ameirigaidh le uidh anns na Cèilidhean air Chuairt a' cluintinn nuair a bhios iad ann an Alba air saor-làithean. Cuideachd, tha mi air a' bhith sgaoileadh fiosrachaidh gu an larach-linn www.journeytoscotland.com. Bidh seo a cuir air adhart tachartasan agus saor-làithean ann an Alba.

InG9 **Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh**

Anns an Dàmhair bidh sia-deug compairtichean bho na Cèilidhean air Cuairt a sàs ann an iomlaid le buidheann de luchd-ciùil òg bho Ennis ann an Èirinn. Bidh an da bhuidheann a' cluich ann an Inbhir Nis agus ann an Ennis mar pàirt den Fhèis ùr timcheall an geama camanachd eader-naiseanta eader Alba agus Eireann.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Faic targaid InG1.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Faic targaid AC1.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG1 **An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 2011-12 a bha aig 3,408)**

'S e an obair leantainneach agam airson a bhith ag obair còmhla ri na Fèisean san sgìre agam airson àireamhan de compàirtichean a chumail suas. Bidh a' mhòr-chuid de na Fèisean a' leasachadh pròiseactan agus tachartasan sònraichte airson clann le sgilean aig ìre àrd. Bidh Fèis Rois, Fèis Spè agus Fèis Inbhir Narainn ag obair còmhla airson deireadh-seachdain obair-buidhne a chuir air dòigh airson deugairean bho na diofar sgìrean.

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Bidh deich Fèisean san sgire agamsa a tachairt ann an Roinn na Gàidhealtachd.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Bidh Gàidhlig air a bhrosnachadh aig a h-uile Fèis. Bidh mi ag obair leis an sgioba leasachaidh air fad airson cuideachadh a ` thoirt dha na Fèisean le rudan mar eadar-theangachadh, cur-seachadan Gàidhilg, sgioba-G agus luchd – teagaisg le Gàidhlig.

Eadar seo agus an Nollaig bidh mi a coinneachadh le na Fèisean agam airson na formaichean-tabhartais airson 2013/14 aca a crìochnachadh agus sgrùdadh a' dhèanamh air na planaichean Gàidhlig aca.

Ainm	**Maria NicAonghais**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh Loch Abar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Tha mi tric a' cumail conaltradh ris na h-ochd Fèisean a tha mi a' cuideachadh. Bha mi aig na tachartasan Fèise a ghabh àite tro mhiosan an t-samhriadh agus tha mi ag obair air pròiseactan ùra le feadhainn de na comataidhean agam.

- Bha tachartas fad trì-latha aig Fèis Òigridh na Mara còmhla ri Geamaichean Gàidhealach Àrasaig, 23 – 25 Iuchar 2012. Ghabh 10 chloinne bho gach ceàrnaidh de Loch Abar pàirt sna bùthan-obrach fad dà latha ann am Bun-sgoil Àrasaig, le Sìleas Nic na Ceàrdaich agus Eòghainn MacEanraig. Chrìochnaich an tachartas leis a' chlann a' cluich aig Geamaichean Gàidhealach Àrasaig air 25 Iuchar 2012. Bha an tachartas uabhasach soirbheachail, leis an obair-bhuidhne a' còrdadh ris na com-pàirtichean gu mòr.
- Còmhla ri Fèis na Mara, tha Fèis Òigridh na Mara an dòchas Latha Fèise a chumail air 6 Samhain 2012 an am Malaig. Tha an Fhèis ionadail a' feuchdainn ri an cothrom a ghabhail, leis an luchd-ciùil a tha tighinn gu Fèis na Mara. Gabhaidh clasaichean tradiseanta ann an ceòl agus dannsa àite air an latha.
- Bha cèilidh soirbheachail aig Fèis Òigridh na Mara air Didòmhnaich 17 Ògmhios 2012 ann an Talla Choimhnearsnachd Mhalaig agus Mhòrar, far an robh com-pàrtichean bho na clasaichean aig an Fhèis a' cluich leòtha fhèin, leis na h-oidean, agus ann an còmhlan.
- Bha deireadh-sheachdain mheadhanan aig Fèis nan Garbh Chrìochan ann am Bun-sgoil Àth Tharracaill eadar 16 – 17 Ògmhios 2012. Chòrd an tachartas ris na 8 com-pàrtichean, 's iad ag ionnsachadh mun stuth ùr a fhuair an Fhèis le taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig.
- Ghabh Fèis Eige àite eadar 4 – 6 Iuchar 2012 ann an Talla Choimhnearsnachd Eige. Bha mòran chlasaichean ri fhaighinn airson na 25 com-pàirtichean eadar fidheall, bogsa-ciùil, druma, fìdeag, dannsa-ceum, feadan agus ealain. Bha Calum McConnell a' cumail nam com-pàirtichean toilichte gach latha le fealla-dhà agus spòrs ann an Gàidhlig.
- Bha seachdain soirbheachail aig Fèis nan Garbh-chrìochan a' tòiseachadh air 16 Iuchar 2012 le na 63 com-pàirtichean. Chrìochnaich an Fhèis le cèilidh na cloinne a bha uamhasach math, a' toirt cothrom dha na com-pàirtichean na sgìlean ùra a leasaich iad tron t-seachdainn a shealltainn.
- Ghabh Fèis Gleann Albainn àite eadar 16 – 20 Iuchar 2012 ann an Àrd-sgoil Chille Chuimein. Bha Debbie NicAoidh a' dèanamh geamaichean Gàidhlig leis a' chloinn gach latha.
- Bha 44 com-pàirtichean aig Fèis Lannraig a Tuath ann an Àrd-sgoil Greenfaulds, eadar 31 Iuchar – 3 Lùnastal 2012. Cruthaich na deugairean dealbh airson lèine-t, a reic a' chomataidh aig cèilidh na cloinne air oidhche Haoine.
- Tha 'Triathlon' a' dol a bhith aig Fèis nan Garbh-chrìochan air Didòmhnaich 23 Sultain 2012, airson airgead a thogail airson na Fèis fhèin.

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh.**

Tha trì coimhearsnachan air tighinn thugam le ùidh ann am Fèis a thòiseachadh san sgìre aca. Tha mi air am fiosrachadh an seo a thoirt dhan mhanaidsear agam.

- Chuir cuideigin à comataidh Mòd Phàislig 2013 fòn thugam san Ògmhios 2012.
- Chuir tidsear à Bun-sgoil Mount Cameron post-d thugam san Ògmhios 2012 mu Fhèis a thòiseachadh ann an Cille Bhrìdge an Ear. Tha comataidh Sradagan aig an tidsear an-dràsta aig a bheil ùidh ann an comataidh Fèise cuideachd.
- Chuir fo-cheannard Bun-sgoil Caledonia fòn thugam san Lùnastal 2012 mu Fhèis a thòiseachadh ann an Baillieston, Glaschu. Tha an tidsear air GLPS a dhèanamh, tha còisir aice san sgoil agus tha ùidh mhòr aca ann an Gàidhlig, 's mar sin, Fèis a thòiseachadh.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Chluich an Cèilidh air Chuairt aig Fèisean Lochabair 20 uair eadar 6 – 28 Iuchar mu chuairt Loch Abar, leis an tachartas mu dheireadh a' gabhail àite anns An Apainn còmhla ris a' Chèilidh air Chuairt aig Fèis Latharna.

Bha gach tachartas air a shanasachd tro phàipearan ionadal, na meadhanan agus postairean.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**

Tha mi a' dol gu coinneamhan Iomairt Ghàidhlig Lochabair gu tric, 's a' toirt taic dhaibh le pròiseactan mas urrainn dhomh. Bidh mi cuideachd a' dol gu coinneamhan Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu nuair as urrainn dhomh.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Tha am fiosrachadh air fad a th' agam mu luchd-ciùil a' dol chun an Oifigeir Dìon-chloinne co-dhiù 4 seachdainean ron tachartas.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Coinneamh tràth sa Ghiblean le Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig gus beachdachadh air tachartasan Fèisean nan Gàidheal rè 2012/13 agus air co-obrachadh air ro-innleachd sanasachd airson na bliadhna.**

Bidh mi gu tric a' dol gu coinneamh na h-Iomairt ann an Loch Abar agus ann an Glaschu. Bidh mi ag obair gu dlùth leis an oifigear Iomairt ann an Loch Abar air pròiseactan airson Gàidhlig a leasachadh sa choimhearsnachd.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Thoir sùil air AC1.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Tha mi a' toirt taic do chòig Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Fèis Eige
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Òigridh na Mara
- Fèis Lochabair
- Fèis Gleann Albainn

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean.**

Tha planaichean Gàidhlig aig gach Fèis. Gu tric, bidh an Sgioba-G aig Fèisean nan Gàidheal far a bheil faireachdainn nach eil a' Ghàidhlig làidir gu leòr aig an Fhèis fhèin. Aig Fèisean eile, tha clasaichean, geamaichean aig àm lòin neo Fèis tro mheadhan na Gàidhlig.

Ainm	**Jenna Mhoireasdan**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh nan Eileanan an Iar agus an Eilein Sgitheanaich**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Thairis air mìosan an t-Samhraidh chaidh seachd Fèisean a chumail anns na h-Eileanan an Iar agus an t-Eilean Sgitheanach.

B' e Fèis Tìr an Eòrna agus Fèis Eilean na Hearadh a' chiad dà Fhèis a chaidh a chumail eadar 2 – 6 dhen t-Iuchar. Nochd ceithir-fichead aig sgoil Phaibil uile gu lèir. Chaidh clas ealain ùr a chur an gnìomh le Fèis Tìr an Eòrna ann an co-bhonn le Taigh Chearsabhagh am-bliadhna. Mar phàirt den chlas seo bha aig a' chloinn ri fiolmaichean goirid beòthaichte a chruthachadh le bhith a' cur iomadach dealbh an cois a chèile airson iomradh a thoirt air fuinn agus òrain Ghàidhlig a bha a' chlann air taghadh. Chìthear na fiolmaichean seo air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig http://www.feisean.org/ga/feisean/feis.php?ID=45

Airson na bhliadhna mu dheireadh chaidh Fèis Eilean na Hearadh a chumail ann an Sgoil Sir E. Scott. Aig deireadh na bliadhna thèid an sgoil seo a chleachdadh mar oifis na Comhairle san Tairbeart. Chaidh leth-cheud sa h-aon a chlàradh agus fhuair com-pàirtichean roghainn ann an diofar ionnstramaidean-ciùil agus iomain.

Chaidh Fèis Tir a' Mhurain a chumail ann an Sgoil an Iochdair eadar 9 – 14 Iuchar. Bha iad an dòchas an Fhèis a chumail ann an Sgoil Dhalabroig ach cha robh an sgoil seo ri fhaotainn ron t-Samhraidh on a bha iad fhathast ga togail. Ghabh ceud agus aon duine deug pàirt san Fhèis am-bliadhna. 'S ann tro mheadhan na Gàidhlig a tha an Fhèis seo air a ruith.

'S ann air an aon seachdain a chaidh Fèis Bharraigh a chumail cuideachd. Chaidh trì-fichead 's a seachd duine deug a chlàradh aig Fèis Mhòr. Bidh Fèis Bharraigh cuideachd a' ruith Fèis Mheadhan, far an ghabh sia duine fichead pàirt agus Fèis Bheag a tharraing tri duine deug a-staigh. Bha tachartasan aca a h-uile oidhche air feadh an eilein, nam measg; oidhche Buntàta is Sgadan, Cèilidh sa Chaisteal ann am Bàgh a' Chaisteil agus dannsa airson na h-òigridh aig toiseach na seachdain. Tha clasaichean leantainneach Fèis Bharraigh a' ruith an-dràsta agus cothrom aig clann na sgìre adhartas a dhèanamh ann am feadan, fidheall, drumaireachd, guitar agus a' bhogsa.

Chaidh Fèis Eilean an Fhraoich a chumail ann am Bun-sgoil Steòrnabhaigh am-bliadhna. Tha Fèis nan Deugairean, a tha air a bhith a' ruith bho 2008, a' dol bho neart gu neart le naoi duine deug ga frithealadh am-bliadhna. Uile gu lèir, ghabh ceud agus ceithir-fichead 's a sia pàirt san Fhèis. A thuilleadh air seo, chaidh naoi duine fichead a chlàradh aig Clas 5 – 7 agus ghabh coig-duine deug pàirt sa Chròileagan. Tha ceithir duine fichead a' frithealadh clasaichean obair-bhuidhne na Fèise, a thòisich a-rithist air 22 Lùnastal.

'S ann ann an Sgoil Stafainn a tha Fèis Thròndairnis air a cumail. Chaidh an Fhèis a ruith eadar 6 – 10 Lùnastal. Fhuair com-pàirtichean oideachadh anns a' bhogsa, giotàr, clàrsach, fìdeag, drumaireachd, pìobaireachd, dràma agus seinn. Chaidh dà dhannsa a chumail ann an sabhal aon de bhuill a' chomataidh tron t-seachdain agus consairt na cloinne. Tha comataidh na Fèise trang ag ullachadh an ath shreath de chlasaichean obair-bhuidhne a bhios a' tòiseachadh as dèidh làithean-saora na Dàmhair.

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh**

Am-bliadhna chaidh Fèis an Rubha ath-stèidheachadh san sgìre an dèidh tri bliadhna de thàmh. Le taic bho Fhèisean nan Gàidheal agus oifigear Iomairt na sgìre, bha e cothromach dhan chomataidh Fèis an Rubha a chur air bhonn aon uair eile le soirbheachas. 'S ann san sgoil ùr a chaidh an Fhèis a chumail eadar 6 – 10 Lùnastal. Fhuair an Fhèis taic-airgid bho ghrunn bhuidhnean airson an Fhèis seo a chur an gnìomh; Fèisean nan Gàidheal, Comunn na Gàidhlig, Sgioba na Gàidhlig, Urras Choimheasnachd na h-Alba, Cumhachd gaoithe Leòdhais agus bho chomhairlichean na sgìre. Bha roinn farsaing de chlasaichean rim faotainn leis a' chlann a thuilleadh air ealain agus geamaichean. Bha cothrom aig clann nas òige an Fhèis a fhrithealadh cuideachd mar phàirt den chlas air clann eadar aois 5 – 7 bliadhna. Chaidh fichead 's a dhà dhuine deug a chlàradh am-bliadhna ach tha a' chomataidh an amharas gun èirich an àireamh seo anns na bliadhnaichean a tha ri thighinn nuair a bhios daoine nas eòlaiche air an tachartas san sgìre.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean**

As dèidh ballrachd ùr a chur air dòigh le Fèisean nan Gàidheal, bha e comasach do dh'Fhèis an Rubha iarrtas a chur a-staigh airson Sgèama Leasachaidh na buidhne airson taic-aigid mu choinneamh ath-stèidheachadh Fèis an Rubha san Lùnastal. Tha Fèis Eilean an Fhraoich an dòchas iarrtas a chur a-staigh airson taic mu choinneamh cosgaisean airson pìob-bheag a cheannach airson clasaichean leantainneach na Fèise.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

San Ògmhios, thug mi taic seachad do Nicola a' cur Ceilear air bhonn aon uair eile; a' conaltradh le co-òrdanaiche na cuairte, Murchadh Camshron, a' leughadh thairis air postairean le fiosrachadh na cuairte nan cois agus a' cur dreach ùr air bileagan fiosrachaidh agus cùmhnantan. Bha Ceilear an làthair aig Fèis Alba eadar 2 – 6 Iuchar, cothrom trèanaidh air a' Phloc, mus do thog iad orra air cuairt a mhair 3 seachdainean air feadh an Eilein Sgitheanaich agus Loch Aillse.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Bho toiseach an Ògmhios gu deireadh an Lùnastail tha mi air còrr is 100 uair a thìde a chur seachad a' cur

taic ri Iomairtean Gàidhlig air feadh nan Eileanan an Iar agus an Eilein Sgitheanaich. Tha na h-uairean seo air an dèanamh suas le na Fèisean air an do thadhail mi tron t-Samhraidh, a' frithealadh choinneamhan agus ag ullachadh neo eadar-theangachadh pìosan sgrìobhaidh airson nam Fèisean stèidhichte anns na sgìrean Iomairt. Chur mi seachadh torr uine ag obair le iomairt sgìre Leòdhais a' cur Fèis an Rubha air bhonn am-bliadhna.

Ainm	**Christine Nic an t-Saoir**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Bha mi aig coinneamhan leis na Fèisean agam am-bliadhna
A' cuideachadh aig Fèis Thiriodh
A' cuideachadh aig Fèis Arainn
A' toirt seachad cuideachadh do Èireannaich a bha a-bhos tro Cholmcille
A' sgrìobhadh sanasan is a' bruidhinn ris na meadhanan airson na Cèilidh air Chuairt, is gan toirt timcheall nan consartan aca air fad.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bidh mi a' dèanamh cinnteach gum bi beagan Gàidhlig aig an luchd-teagaisg agus bidh mi ag innse dha na Fèisean agam mu dheidhinn clasaichean Ulpan

AC6 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

Tha Fèis Dhràma air a bhith ann an Earra-Ghàidheal airson 5 bliadhna. Am-bliadhna, bha seachd sgoiltean agus seachad air 200 cloinn a' gabhail pàirt le 9 dealbhan-cluiche. Tha Bun-sgoil Thaigh a' Chladaich air a bhith dèanamh dràma anns an sgoil fad na bliadhna a chaidh seachad.

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Chleachd Fèis Cheann Loch Goibhle an Sgioba-G agus bidh mi a brosnachadh nam Fèisean eile agam seo a dhèanamh cuideachd.

AC11 **A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom**

Bidh coinneamh a' tachairt eadar mi fhìn agus Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bòrd na Gàidhlig air a' mhìos seo airson bruidhinn mu dheidhinn Gàidhlig a chleachdadh anns na sgoiltean

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**

Tha Fèisgoil a' coimhead gum bi e math agus leis a sin bidh mi a' brosnachadh nam Fèisean eile agam pàirt a ghabhail ann an seo.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bidh Fèisean nan Gàidheal a' brosnachadh an luchd-teagaisg trèanadh a dhèanamh fad na bliadhna.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna**

meadhanan is a’ dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair

Bha na Cèilidhean air Chuairt uabhasach soirbheachail agus thog iad ainm Fèisean nan Gàidheal gu mòr air feadh na dùthcha. Bha 14 consartan aca air tìr-mòr agus 5 anns na h-eileanan. Tha feadhainn de na com-pàirtichean air cuireadh fhaighinn airson a dhol air an àrd-ùrlar ann an coimhearsnachdean eile, m.e. Best of the West agus aig Cupa na Camanachd. Tha dithis air àite a ghlèidheadh aig Colaiste Bheinn na Fadhla airson ceòl is Gàidhlig, is tha fear eile air a dhol do Sgoil a' Phluic agus tha fear eile air a dhol a chluiche na fìdhle anns na Stàitean.

AC20 **A’ cumail oirnn a’ toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

The 9 Fèisean agam eadar Earra-Ghàidheal, Dùn Bhreatainn an Iar agus Siorrachd Àir a Tuath agus bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall gum bi tachartasan Fèis anns na h-àiteachan sin.

AC22 **A’ cumail oirnn a’ cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Bidh mi a' bruidhinn gu tric ri muinntir Ìle agus Dhiùra agus tha mi an dùil coinneachadh riutha air a' mhìos seo. Tha Fèis Ìle air a bhith a' pàirt ann a bhith a' dèanamh sanas mu Bhàird Ìle agus sgrìobh iad ceòl airson a dhol còmhla ris an t-sanas. Thathar cuideachd a' bruidhinn air dealbh-cluich a dhèanamh mu Chath Tràigh Ghruinneart.

AC24 **A’ cumail oirnn a’ toirt taic do dh’Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Tha feadhainn de na Fèisean agam nas trainge na feadhainn eile. Bidh mi a' toirt seachad misneachd dhan fheadhainn as lugha rudan diofraichte fheuchainn is bidh mi a' moladh dhaibh tachartasan ùra a bhiodh a' freagairt air na neartan a th' aca.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Tha mi ag obair le Iomairt Ìle agus Dhiùra agus tha mi air barrachd gnìomhachd fhaicinn thar na bliadhna seo.

BnG3 **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Bidh mi a dol gu clasaichean Gràmair Gàidhlig. Tha Fèis Dhùn Bhreatainn a-nis ag ionnsachadh agus a' teagasg Gàidhlig agus tha mi gu math moiteal cho math 's a tha iad air a dhèanamh.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a’ cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha mi an dòchas gum bi a' choinneamh air 11 An t-Sultain math air thaobh barrachd Gàidhlig a bhith anns an àite.

BnG12 **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Aig an ìre seo tha luchd-teagaisg air a bhith anns na sgoiltean nuair a tha na sgoiltean ag iarraidh cuideachadh. Air Eilean Arainn tha clasaichean seinn air a bhith aca agus dràma ann an Dùn Omhain. Thathar an dòchas a-nis gun dèan Fèisgoil an gnothach air barrachd chuspairean a chur air bhog anns na sgoiltean air feadh Alba cho fad 's a ghabhas.

Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bòid

Chaidh ainm a chur ris an Aonta Seirbheis eadar Fèisean nan Gàidheal agus Comhairle Earra-Ghàidheal aig toiseach na mìos seo.

Fèisean nan Gàidheal

Clàr-ama na Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2012.05(c)

Bun Fhiosrachadh

Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu phròg ram na Coinneamh Bhliadhnail agus na Co-labhairt.

Dihaoine 21 Sultain		Friday 22 September
14.00	**Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh**	Meeting of Board of Directors
18.30	**A' Choinneamh Bhliadhnail**	Annual General Meeting
19.15	**Deoch ro-dhìnneir agus ceòl bho Fèisean Loch Abar**	Pre-dinner drinks and entertainment b Lochaber Fèisean
20.00	**Dìnneir agus Cèilidh**	Dinner and Cèilidh
	Aoigh Sònraichte **Ailean MacEanruig, Pròbhost Loch Abar**	Special Guest Provost Allan Henderson
Disathairne 22 Sultain		Saturday 22 September
10.00	**Làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal** **Luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal** **Stuthan-teagaisg Gàidhlig** **A' togail airgead** **Feumalachdan sònraichte**	Fèisean nan Gàidheal's Website Fèisean nan Gàidheal Staff Gaelic Teaching Resources Fundraising Additional Support Needs
11.30	**Tì/Cofaidh**	Tea/Coffee
11.45	**Fiosrachadh agus Cur air bhog Fèisgoil** **Art MacCarmaig**	Fèisgoil Background and Launch Arthur Cormack
12.30	**Aoigh Sònraichte** **Aonghas Grannd**	Special Guest Angus Grant
13.00	**Lòn**	Lunch

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh mun phròg ram.

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Sultain 2012

Fèisean nan Gàidheal

Aithisg Bhliadhnail 2012

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2012.05(d)

Bun Fhiosrachadh

Thèid Aithisg Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh tro phost-d air thoiseach air coinneamh a' Bhùird agus bidh lethbhreacan rim faotainn aig a' choinneimh.

Gnìomh a dhìth

Bithear ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh san Aithisg Bhliadhnail agus aonta a thoirt rithe air thoiseach air a' Choinneamh Bhliadhnail.

Art MacCarmaig
Ceannard
Sultain 2012